



**TRANSPORT
SCOTLAND**

CÒMHDHAIL ALBA

transport.gov.scot

Plana Cheanglaichean nan Eilean – Dòigh- obrach Ro-innleachdail

Clàr-innse

Ro-ràdh Ministreil.....	3
Plana Cheanglaichean nan Eilean	5
Farsaingeachd agus adhbharan	5
Ceanglaichean còmhdhail eileanach san àm ri teachd.....	6
Lèirsinn agus Prìomhachasan	10
Prìomhachas 1: Earbsach agus Làidir	12
Prìomhachas 2: Ruigsinneach	14
Prìomhachas 3: Aonaichte.....	15
Prìomhachas 4: Buaidh Carboin agus Àrainneachdail Ìosal	17
Maoineachadh agus seasmhachd ionmhasail	18
Cuspairean.....	20
Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean.....	21
Guth na coimhearsnachd agus soilleireachd	25
Comas-lìonaidh agus iarrtas	27
Earbsachd agus daingneachd	30
Ruigsinneachd	32
Clàran-ama; siubhal gun phlanadh agus riatanach.....	35
Co-aonachadh	36
Frachd	39
Soithichean agus puirt	42
Buaidh carboin agus àrainneachdail ìosal	44
Faraidhean	49
Seirbheisean aiseig nan ùghdarrasan ionadail	51
Sgrùdadh agus measadh.....	53

Ro-ràdh Ministreil

Tha na h-eileanan againn a' cur gu mòr ri soirbheas eaconamach agus sòisealta na h-Alba, agus tha ceanglaichean còmhdhail a' cluich pàirt dheatamach ann an seo.

'S e an t-amas againn gun dèan sinn cinnteach gum bi tasgadh-airgid san àm ri teachd a' dèiligeadh ri prìomhachasan a chaidh aithneachadh tro ar cuid obrach le coimhearsnachdan ionadail, airson aghaidh a thoirt air dùbhlain còmhla agus làn thaic a chumail ris na miannan aca. 'S e ar Lèirsinn gum bi seirbheisean aiseig na h-Alba – le taic bho mhodhan còmhdhail eile – mar a leanas:



Sàbhailte, earbsach, air prìs reusanta agus in-ghabhaltach do luchd-còmhnaidh, do ghnìomhachasan agus do luchd-tadhail, agus a' cur ri comas-ceangail is seasmhachd còmhdhail, agus cuideachd ri fàs sluaigh ann an coimhearsnachdan eileanach agus leth-eileanach.

Bu toil leam taing a thoirt dhan fheadhainn agus dha na coimhearsnachdan aiseig a chuir ri cruthachadh na Lèirsinn seo, agus cruthachadh a' Phlana nas fharsainge a thaobh Ceanglaichean nan Eilean, tron cho-chomhairleachadh o chionn ghoirid no tro aon dhe na 23 tachartasan poblach a chaidh a chumail air feadh na dùthcha.

Tha an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo ag aithneachadh na pàirt a chluicheas ceanglaichean nan eilean ann an libhrigeadh nan ceithir prìomhachasan a th' aig a' Phrìomh Mhinistear: a' cur às do bhochdainn cloinne; a' toirt leudachadh air an eaconamaidh; a' dèiligeadh ri suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde; agus a' leasachadh sheirbheisean poblach.

Tha e follaiseach, ge-tà, gur e a' chùis as cudromaiche gun dèan sinn cinnteach gu bheil cabhlaichean bhàtaichean-aiseig earbsach, làidir againn a fhrithéalas coimhearsnachdan eileanach agus leth-eileanach, 's seo aig cridhe Plana nan Soithichean agus nam Port a thèid fhoillseachadh an cois na sgrìobhainn seo. Tha an dreachd-buidseit againn airson 2025-26 a' sealltainn gu soilleir gu bheil sinn dìorrasach an t-amas seo a choileanadh.

Tha sinn an dùil còrr is £530 millean a thasgadh gus na lìonraidhean againn a fhrithéalas an costa an iar agus na h-eileanan mu thuath a chumail suas agus a

neartachadh. Tha seo na àrdachadh de dh'fhaisg air 23% air na buidseatan ann an 2024-25, 's e na chuideachadh le bhith a' cumail taic ris na gnìomhachasan agus coimhearsnachdan eileanach againn, a bharrachd air a bhith a' neartachadh an cuid daingneachd.

Ge-tà, bidh feum ann air fòcas agus oidhirp leantainneach le Àrd-riaghaltasan agus Riaghaltasan ionadail, companaidhean aiseig, sealbhadairean sho-mhaoinean agus coimhearsnachdan eileanach, gus na h-atharrachaidhean a thoirt gu buil a tha a dhìth airson na ceanglaichean còmhdhail a lìbhrigeadh air a bheil coimhearsnachdan eileanach airidh. Nì mise cinnteach gum bi co-chonaltradh leantainneach ann gus ar lèirsinn a thoirt gu buil.

Jim Fairlie

Ministear airson Àiteachas agus Comas-ceangail


Plana Cheanglaichean nan Eilean

Farsaingeachd agus adhbharan

Tha Plana Cheanglaichean nan Eilean (PCE) a' mìneachadh mar a thèid seirbheisean aiseig a libhrigeadh agus a neartachadh, 's taic ann bho mhodhan còmhdhail eile, airson 's gun obraichear a dh'ionnsaigh lèirsinn fad-ùine le taic bho phrìomhachasan soilleir agus toraidhean sònraichte do dhaoine agus do dh'aitichean.

Tha structar a' PhCE air a mhìneachadh ann an Dealbh 1, 's e air a stiùireadh le poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba agus Còmhdhail Alba a th' ann mar-thà, 's iad sin:

- Adhbharan agus Builean Riaghaltas na h-Alba (Frèam Planaidh Nàiseanta 4, Ùrachadh air a' Phlana airson Atharrachadh na Gnàth-shìde, agus Ro-innleachd Nàiseanta airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh)
- Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta 2 (RCN2)
- Plana Nàiseanta nan Eilean (PNE)
- 2na Breithneachadh air Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail (BPCR2).
- Aithisg na h-Itealanachd



Dealbh 1 – Structar Plana Cheanglaichean nan Eilean.

Tha am pàipear Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo aig cridhe a' Phlana, 's e a' cur air adhart an Dòigh-obrach Ro-innleachdail choitcheann againn a thaobh

ceanglaichean còmhdhail nan eilean, nam measg bàtaichean-aiseig, itealanachd, ceanglaichean stèidhichte agus, gu h-àraid, mar a dhèiligear ris na dùbhlain ro-innleachdail a tha ro Sheirbheisean Aiseig Chluaidh agus Innse Gall (SACIG) agus Seirbheisean Aiseig nan Eilean mu Thuath (SAET). Gabhaidh an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo a chleachdadh air a h-uile seirbheis-aiseig san dùthaich; ge-tà, tha i ag aithneachadh na saorsa a th' aig ùghdarrasan ionadail na slatan-tomhais aca fhèin a chruthachadh, agus an cuid cunntachalachd dhan luchd-taghaidh ionadail a thaobh dealbhachadh agus libhrigeadh nan seirbheisean aiseig a tha an urra riutha.

Tha grunn phlanaichean libhrigidh a' tighinn fon Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo: Plana nan Soithichean agus nam Port, Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan, agus Plana Sgrùdaidh is Measaidh.

Ceanglaichean còmhdhail eileanach san àm ri teachd

Tha Plana Nàiseanta Eileanan na h-Alba (PNE) a chaidh fhoillseachadh ann an 2019 a' toirt seachad frèam-obrach airson ghnìomhan a tha ag amas air toraidhean a leasachadh gu mòr do choimhearsnachdan eileanach. Tha am Plana ag ainmeachadh 13 amasan ro-innleachdail gus dèiligeadh ri crìonadh an t-sluaigh; gus leasachadh eaconamach seasmhach a bhrosnachadh; agus gus toraidhean a leasachadh ann an raointean leithid còmhdhail, taigheadais, slàinte, foghlaim, na h-àrainneachd, atharrachadh na gnàth-shìde agus cumhachd.

Sheall [Suirbhidh Eileanan na h-Alba \(2023\)](#) gun robh toileachas le ceanglaichean gu tìr-mòr na h-Alba (bàtaichean-aiseig agus tursan-adhair) air crìonadh bho 2020, ach tha cleachdadh agus seallaidhean air còmhdhail gu math eadar-dhealaichte eadar sgìrean eileanach. Tha aonar às gach còignear a fhreagair an t-suirbhidh dhen bheachd gun gabh earbsa a chur ann an tursan-adhair (gu no bhon tìr-mhòr, agus eadar-eileanach) agus tha nas lugha dhen bheachd gu bheil luach math ann an tursan-adhair do luchd-còmhnaidh. Tha toileachas le bàtaichean-aiseig beagan nas àirde ach fhathast ìosal: tha dithis às gach còignear a fhreagair an t-suirbhidh ag innse gun gabh earbsa a chur ann am bàtaichean-aiseig, 's luach math annta do luchd-còmhnaidh. Tha luchd-freagairt ag innse gu bheil e doirbh dhaibh cothrom fhaighinn air seirbheisean riatanach tro bhith a' cleachdadh còmhdhail phoblach agus gu bheil seo air fàs na bu mhiosa bho 2020.

Às dèidh ath-sgrùdadh aig deireadh na bliadhna sa chaidh, tha Ministearan na h-Alba air innse gun tèid Plana Nàiseanta nan Eilean ùr fhoillseachadh ann an 2025.

Aig an ìre as sìmplidhe, bu chòir ceanglaichean còmhdhail nan eilean a bhith ga dhèanamh comasach a bhith a' gluasad dhaoine, bathar agus sheirbheisean ann an dòigh a tha seasmhach, in-ghabhaltach, sàbhailte agus ruigsinneach, airson 's gun tèid taic a chumail ri coimhearsnachdan agus sluaghan seasmhach. Tha Plana

Chenglaichean nan Eilean ag amas air dèiligeadh ri dùbhlain a th' ann mar-thà, gu h-àraid earbsachd agus leantalachd nan seirbheisean aiseig, 's e ag amas air feumalachdan agus cothroman an ama ri teachd ainmeachadh a thaobh ceanglaichean còmhdhail nan eilean, 's e a' toirt luach an airgid do luchd-còmhnaidh agus luchd-pàighidh chìsean.

Tha Còmhdhail Alba ag obair còmhla ri Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba airson a bhith cinnteach gum bi Plana Cheanglaichean nan Eilean seo agus Plana Nàiseanta nan Eilean a nochdas a dh'aithghearr ag obair còmhla gus dèiligeadh ri dùbhlain agus rùintean nan coimhearsnachdan eileanach.

Bidh ìre an iarrtais air còmhdhail eileanach san àm ri teachd, agus cruth an lìonraidh chòmhdhail, a' crochadh air grunn fhactaran, nam measg a' bhuaidh a bhios aig planadh-leasachaidh an ama ri teachd agus cothroman air bathar agus seirbheisean ann an eileanan. Tha an [4mh Frèam Planaidh Nàiseanta](#) aig Riaghaltas na h-Alba a' brosnachadh beatha ionadail, 's e ag amas air cothroman air seirbheisean ionadail a bhrosnachadh, adhartachadh agus fhurastachadh, agus coimhearsnachdan ceangailte a chruthachadh a bheir prìomhachas do sheasmhachd àrainneachdail, sòisealta agus eaconamach. Tha [Stiùireadh](#) a chaidh fhoillseachadh gus taic a chumail ri coileanadh poileasaidhean beatha ionadail ag aithneachadh gu bheil sùbailteachd a dhìth ann an sgìrean dùthchail agus eileanach far a bheil astaran gu tric nas motha agus an sluagh nas sgapte.

Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast a' gealltainn lùghdachadh – cho fhad 's as urrainn – dè cho tric 's a dh'fheumas coimhearsnachdan eileanach astaran fada a shiubhal gus bathar agus seirbheisean a ruigsinn. Tha seo a' toirt a-steach planadh nas fheàrr a thaobh slàinte choitcheann agus còmhdhail. 'S ann air sgàth nan cothroman a thig an cois cheanglaichean didseatach leasaichte san àm ri teachd a thèid cuid a sheirbheisean speisealach, mar eisimpleir ann an cùram-slàinte, a lìbhrigeadh air astar. Tha e coltach gum buin an aon rud ri obair, foghlam agus gnìomhan sòisealta. Cuideachd, 's ann bho bhuidhnean eileanach a th' air an ceangal nas fheàrr a dh'fhaodadh eilean soirbheachail agus nas treasa a thighinn, 's nas lugha de dh'fheum ann astaran fada a shiubhal. Nuair a bhios feum aig daoine air siubhal no air bathar agus seirbheisean bhon tìr-mhòr, faodaidh iad a bhith cinnteach à seirbheisean còmhdhail aonaichte, earbsach. Obraichidh Plana Cheanglaichean nan Eilean agus Plana Nàiseanta nan Eilean còmhla ann an co-sheirm, airson seo a lìbhrigeadh.

Dh'fhaodadh cuideachd gun tig iarrtas nas àirde air giùlan bathair agus sheirbheisean dha na h-eileanan bho àrdachadh air sluagh nan eilean san àm ri teachd. Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann do thuilleadh aiseagan-frachd (no sheirbheisean do dh'fhrachd a-mhàin) agus aiseagan do luchd-siubhail a-mhàin còmhla ri aiseagan do charbadan, 's seo a' toirt seachad sheirbheisean eile a

riochdaicheas nas fheàrr na feumalachdan còmhdhail aig cuid a dhaoine agus ghnìomhachasan.

Tha sinn a' faicinn làithean ri teachd far am bi an t-iarrrtas air frachd a' sìor-fhàs, 's sin a' sealltainn an àrdachaidh air biadh, deochan agus às-mhalairt eile de chàileachd àrd a thig a-steach agus a-mach às na h-eileanan. Bidh feum ann a bhith a' gabhail ri atharrachaidhean ann am feumalachdan còmhdhail airson eaconamaidhean no roinnean sònraichte nan eilean a leasachadh. Thathar an dùil gum beachdaich luchd-leasachaidh agus ùghdarrasan-planaidh air a' bhuidhe a bhios air seirbheisean-aiseig a th' ann mar-thà agus air an t-siostam còmhdhail san fharsaingeachd mar phàirt dhen phlanadh-leasachaidh, agus gum bu chòir an luchd-leasachaidh cosgaisean còmhdhail a bharrachd a bhios a dhìth a thoirt fa-near.

Bidh Plana Cheanglaichean nan Eilean seo ag amas air feumalachdan an ama ri teachd ainmeachadh a thaobh ceanglaichean còmhdhail nan eilean, nam measg an cothrom air ceanglaichean nas fheàrr eadar na h-eileanan. Bidh am Plana cuideachd ag aithneachadh gun atharraich na dòighean anns am bi daoine a' siubhal. Bu chòir na h-atharrachaidhean sin a bhith rim faicinn ann am planaichean a thaobh àm ri teachd ceanglaichean còmhdhail nan eilean, 's iad cuideachd co-chòrdail ris an Lèirsinn a th' air a mìneachadh san Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta. 'S e sin gum bi siostam còmhdhail seasmhach, in-ghabhaltach, sàbhailte agus ruigsinneach ann, 's seo na chuideachadh le bhith a' lìbhrigeadh Alba nas fhallaine, nas cothromaiche agus nas soirbheachaile do choimhearsnachdan, do ghnìomhachasan agus do luchd-tadhail.

Gu h-àraid, bidh cur an gnìomh a' PhCE seo ag amas air cothroman a leasachadh do dhaoine a bhios a' siubhal gu agus bho eileanan gun na carbadan aca fhèin, agus – a rèir gealltanais an Riaghailtais – air cleachdadh chàraichean a lùghdachadh 20%. Tha seo na mhiann nàiseanta coitcheann agus chan fheum a h-uile neach fa leth an cuid dràibhidh a lùghdachadh aig an aon ìre no san son dòigh. 'S e amas na dòigh-obrach againn gun urrainn dhan a h-uile duine ann an Alba beachdachadh air a' phàirt a dh'fhaodas iad a chluich, agus tha sinn a' faicinn fhuasglaidhean ùr-ghnàthach mar-thà bho choimhearsnachdan dùthchail agus eileanach air feadh na h-Alba.

Bidh ceanglaichean còmhdhail phoblach leasaichte ann dhan a h-uile duine, 's sin a' toirt a-steach na feadhainn gun cothrom air càr no a roghnaicheas siubhal gun chàr. 'S ann gu sònraichte buntainneach do sgìrean dùthchail agus do choimhearsnachdan eileanach a bhios iomairtean a chuireas fòcas air modailean eile a tha didseatach no stèidhichte air goireas meadhanach, 's iad a' toirt cothrom do dhaoine air bathar, seirbheisean, goireasan agus ceanglaichean sòisealta a bharrachd air cothroman air tursan-càir a chur còmhla agus a roinn. Tha seo a' ciallachadh gum faigh an fheadhainn aig a bheil feum air carbad cothrom nas fhasa

air seirbheisean còmhdhail phoblach a th' ann mar-thà, 's sin a' toirt buannachd eaconamach, shòisealta agus àrainneachdail do dh'eileanan.

Tha sinn mothachail gur mathaid gum bi e nas duilghe do chuid a dhaoine (gu tric iadsan ann an sgìrean nas iomallaiche) a bhith a' lùghdachadh mar a tha iad a' cleachdadh an càraichean agus gun lean mòran de dh'eileanaich orra a' cleachdadh an càraichean gus seirbheisean aiseig a ruigsinn. Ach, le bhith a' cur taic ri farsaingeachd de dhòighean airson lùghdachadh a thoirt air cleachdadh chàraichean bidh an roghainn aig barrachd dhaoine gun càr a thoirt leotha is rudeigin a dhèanamh a thaobh atharrachadh na gnàth-shìde.

Thathar an dùil cuideachd ri barrachd thachartasan de dhroch shìde agus buaidhean eile co-cheangailte ri atharrachadh na gnàth-shìde san àm ri teachd, 's seo a' ciallachadh gum bi cunnart nas motha ann de bhuidh air lìonraidhean còmhdhail, nam measg tursan gu agus bho eileanan.

Tha Plana Soithichean agus Puirt a' PhCE (a thèid fhoillseachadh còmhla ris an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo) a' cur fòcas air leasachaidhean ann an earbsachd theicnigeach agus ri linn droch shìde, tro bhith ag ùrachadh a' chabhlaich aig CMAL agus a' neartachadh daingneachd an lìonraidh aiseig tro àrdachaidhean air cunbhalachd nan soithichean agus nam port. Ge-tà, ged as urrainnear soithichean agus puirt a dhealbhadh gus feuchainn ri na buaidhean seo a lasachadh, cha ghabh stad a chur orra gu tur. Mar sin, bidh planaichean gus coimhearsnachdan eileanach fhàgail nas daingne riatanach bho seo a-mach, dìreach mar a bhios planaichean seirbheiseachaidh le companaidhean còmhdhail, airson 's gun tèid seirbheisean agus solar riatanach ath-nuadhachadh, co-dhiù a thaobh siubhal-adhair, siubhal-mara no siubhal air ceanglaichean stèidhichte.

Nuair a thig e gu ceanglaichean còmhdhail eileanach san àm ri teachd, bithear a' beachdachadh air a h-uile roghainn. Gabhaidh pàirt nas motha a chluich ann an roinn na h-itealanachd, 's eileanan gan ceangal suas agus cothroman luath, nas earbsaiche gan tabhann a thaobh siubhail agus deagh cheanglaichean air adhart ris a' chòrr de dh'Alba, dhen Rìoghachd Aonaichte agus cuideachd ris a' chòrr dhen t-saoghal. 'S fheàrr le iomadh neach-siubhail mar-thà seirbheisean-adhair a chleachdadh thar astaran nas fhaide, 's miann nas motha air an son tron gheamhradh anns an fharsaingeachd leis gu bheil coltas nas lugha ann gun toir droch shìde buaidh air tursan-adhair an taca ri aiseagan. Tha sinn cuideachd air cluinntinn gur dòcha gum bi seirbheisean adhair le cosgaisean nas ìsle agus tursan-adhair nas trice bho eileanan gu tìr-mòr na h-Alba nan roghainn nas mòr-chòrdte am measg na feadhainn a tha airson siubhal gun chàr.

Tha Riaghaltas na h-Alba dealasach a thaobh obair a tha ag amas air tursan-adhair clàraichte taobh a-staigh na h-Alba a dhì-charbonachadh ro 2040. Tha luchd-dèanamh ann an roinn na h-itealanachd a' togail itealain beag-eimisein/gun

eimiseanan le cumhachd dealain agus haidridein, 's e nas coltaiche gun tèid an cleachdadh air slighean nas giorra an toiseach. Tha seo a' fosgladh cothrom gum bi itealan gu agus eadar eileanan rim faotainn aig prìs nas ìsle, 's iad a' cur a-mach fada nas lugha de dh'eimiseanan, ged a bheir e beagan ùine mus tèid an teicneòlas a thogail gu ìre aig am bi seo soilleir. Ma thèid na teicneòlasan ùra seo a chur gu feum air seirbheisean clàraichte, dh'fhaodadh gun tig atharrachadh mòr air an iarrtas air seirbheisean aiseig san àm ri teachd.

Anns an ùine fhada, dh'fhaodadh gun tig ceanglaichean còmhdhail nas treasa dha na h-eileanan bho thuilleadh cheanglaichean stèidhichte, ged a bhiodh na cosgaisean ro-làimh gu math àrd.

Ged a dh'atharraicheas ceanglaichean còmhdhail eileanach, cha tig atharrachadh air dè cho cudromach 's a tha e gu bheil daoine agus àitichean aig cridhe cho-dhùnaidhean. Gheibh coimhearsnachdan èisteachd agus bidh pròiseasan co-dhùnaidh soilleir. Bidh co-dhùnaidhean a thaobh sheirbheisean còmhdhail soilleir, 's iad stèidhichte air farsaingeachd mhòr de ghuthan.

Lèirsinn agus Prìomhachasan

Tha an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo a' mìneachadh Lèirsinn a tha stèidhichte air ceithir Prionnsabalan airson lìbhrigeadh seirbheisean-aiseig na h-Alba san àm ri teachd. Tha an Lèirsinn ag innse càite a bheil sinn airson a dhol san àm ri teachd, 's i a' stiùireadh phròiseasan planaidh agus co-dhùnaidh san ùine fhada dhan fheadhainn air a bheil prìomh dhleastanasan. Leis na Prìomhachasan, bidh targaidean àrd-ìre ann airson 's gun urrainn dhuinn sùil a chumail air adhartas agus ath-sgrùdadh a dhèanamh air.

Ged as e seirbheisean aiseig air a bheil am pàipear seo a' cur fòcas, tha sinn mothachail nach gabh an Lèirsinn agus na Prìomhachasan a lìbhrigeadh gu soirbheachail gun aire a thoirt air modhan còmhdhail eile, leithid siubhail-adhair agus, aig amannan, ceanglaichean stèidhichte.

A bharrachd air sin, tha dleastanas air cuid a dh'ùghdarrasan ionadail agus companaidhean prìobhaideach airson nan seirbheisean aiseig aca fhèin, agus tha sinn gam brosnachadh a bhith a' gabhail ris an Lèirsinn agus na Prìomhachasan mar mhiann choitcheann a thaobh sheirbheisean aiseig agus ceanglaichean còmhdhail nas fharsainge air feadh na h-Alba.

Tha na Prìomhachasan stèidhichte air an èisteachd a thug sinn do choimhearsnachdan aiseig a bharrachd air na beachdan a thog an fheadhainn aig a bheil ùidh ann an lìbhrigeadh sheirbheisean aiseig ann an Alba. Tha am pàipear Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo a' mìneachadh ghnìomhan ann an 12 cuspairean

far a bheil leasachaidhean a dhìth a rèir nan coimhearsnachdan a dh'ainmich iad. Gu deatamach, tha sinn mothachail gur e earbsachd agus daingneachd nan seirbheisean aiseig an rud as cudromaiche dha na coimhearsnachdan eileanach againn.

Tha seirbheisean aiseig – 's iad a' faighinn taic bho sheirbheisean còmhdhail eile – a' cluich pàirt chudromach ann an solarachadh cheanglaichean còmhdhail do dh'eileanan na h-Alba. Tha ar Lèirsinn ag amas air seirbheisean sàbhailte, earbsach, neo-chosgail agus in-ghabhaltach a thabhann do luchd-còmhnaidh, do ghnìomhachasan agus do luchd-tadhail, 's seo a' cruthachadh choimhearsnachdan agus àireamhan-sluaigh eileanach agus leth-eileanach a bhios ceangailte, seasmhach agus a' fàs.

Tha ar Lèirsinn stèidhichte air na ceithir Prìomhachasan, agus còmhla, cuiridh iad ri lìbhrigeadh na Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta agus Plana Nàiseanta nan Eilean, 's iad a' cur taic cuideachd ri lìbhrigeadh Ro-innleachd Nàiseanta na h-Alba airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh, agus ri lìbhrigeadh an Fhrèama Planaidh Nàiseanta.

Ar Lèirsinn

Bidh seirbheisean aiseig na h-Alba – 's iad a' faighinn taic bho sheirbheisean còmhhdail eile – sàbhailte, earbsach, air prìs reusanta agus in-ghabhaltach do luchd-còmhnaidh, do ghnìomhachasan agus do luchd-tadhail, agus a' cur ri comas-ceangail is seasmhachd còmhhdail, agus cuideachd ri fàs sluaigh ann an coimhearsnachdan eileanach agus leth-eileanach.

Ar Prìomhachasan

Earbsach agus Làidir

- Bidh seirbheisean earbsach, làidir gan toirt seachad
- Bidh daoine agus bathar air an giùlan dha na h-àitichean ceart
- Bidh cùisean soilleir

Ruigsinneach

- Bidh slighean sàbhailte, cothromach air an gealltainn
- Bidh seirbheisean furasta ri chleachdadh
- Bidh iad air prìs reusanta

Aonaichte

- Bidh taic ga cumail ri roghainnean-siubhail seasmhach, gnìomhach
- Bidh taic ga cumail ri siubhal aonaichte
- Bidh seirbheisean nan cuideachadh gus coimhearsnachdan a tha an urra ri aiseagan fhàgail nam fìor dheagh àitichean-còmhnaidh

Buaidh Carboin agus Àrainneachdail Ìosal

- Bidh taic ga cumail ri roghainnean-siubhail nas glaine
- Bidh seirbheisean freagarrach a thaobh buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde
- Bidh seirbheisean nan cuideachadh le lìbhrigeadh na targaid cothromachaidh-carboin againn.

Prìomhachas 1: Earbsach agus Làidir

Seirbheisean-aiseig earbsach, làidir a fhreagras na feumalachdan a th' aig coimhearsnachdan agus gnìomhachasan agus a chumas taic ris an eadar-ghluasad gu eaconamaidh do mhath dhaoine a tha cothromach, uaine agus a' fàs. Bidh na seirbheisean-aiseig againn:

- **Earbsach agus làidir:** airson 's gum bi cinnt ann air dè cho fad 's a bheir turas, 's e na thachartas sìmplidh, cofhurtail. 'S ann air sgàth na misneachd a bhios oirnn anns an turas againn a dh'fhaodas sinn ar beatha a phlanadh, seirbheisean meadaigeach a ruigsinn, ar n-àitichean-obrach a ruigsinn ri uair, seirbheisean-foghlaim a ruigsinn, cothroman air cur-seachadan agus fois a mhealadh, roghainnean-siubhail seasmhach a dhèanamh, bathar a lìbhrigeadh gu h-èifeachdach agus gnìomhachasan a chumail a' dol gu rèidh.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Earbsachd agus daingneachd; Clàran-ama, siubhal gun phlanadh agus riatanach; Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean; Ruigsinneachd; Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean; Soithichean agus puirt; Comas-lìonaidh agus iarrtas; Seirbheisean nan ùghdarrasan ionadail.

- **A' giùlan dhaoine agus bathair dha na h-àitichean ceart:** thèid lìonraidhean agus seirbheisean aiseig co-aonachadh gu h-èifeachdach le modhan còmhdhail eile gus taic a chumail ri roghainnean-siubhail seasmhach, leasachadh eaconamach agus freagarrachd dha na feumalachdan caochlaideach aig coimhearsnachdan eileanach, gnìomhachasan agus luchd-tadhail, 's taic ga cumail ri cothroman air leasachadh ghnìomhachasan ùra cuideachd.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean; Soithichean agus puirt; Guth na coimhearsnachd agus soilleireachd; Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean; Frachd; Seirbheisean nan ùghdarrasan ionadail; Comas-lìonaidh agus iarrtas; Clàran-ama, siubhal gun phlanadh agus riatanach; Faraidhean.

- **Soilleir:** bidh sinn a' faireachdainn gu bheil gar gabhail a-steach agus ag èisteachd rinn, agus tuigidh sinn na h-adhbharan air cùl cho-dhùnaidhean a bheir buaidh air ar beatha làitheil.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Guth na coimhearsnachd agus soilleireachd; Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean.

Tha Ro-innleachd Nàiseanta na h-Alba airson Cruth-atharrachadh a thoirt air an Eaconamaidh (RNACE) gar stiùireadh airson na sgìrean, coimhearsnachdan,

companaidhean, gnìomhachasan agus seirbheisean poblach againn fhàgail nas tarbhaiche agus nas innleachdaiche. Tha fianais eadar-nàiseanta a' sealltainn gum faigh eaconamaidhean le tarbhachd làidir sgòran àrda nuair a thig e gu na comharran air eaconamaidh do mhath dhaoine.

'S ann tro Phlana Cheanglaichean nan Eilean (PCE) a thèid ceanglaichean còmhdhail làidir a libhrigeadh agus a chumail suas, ceanglaichean a chuireas ri eaconamaidh fìor tharbhach dha na h-eileanan againn, 's rùn ann gum bithear ag obair ri coimhearsnachdan ionadail, gnìomhachasan eileanach agus buidhnean poblach feuch an tèid na rùintean eaconamach aig coimhearsnachdan a tha an urra ri aiseagan a riochdachadh.

Prìomhachas 2: Ruigsinneach

Seirbheisean aiseig a tha sàbhailte agus ruigsinneach, 's iad a' tabhann cheanglaichean còmhdhail dhan a h-uile duine a tha furasta ri chleachdadh agus air prìs reusanta. Bidh na seirbheisean-aiseig againn:

- **A' dèanamh cinnteach gum faod daoine air iomall nan coimhearsnachdan againn na seirbheisean-aiseig a tha a dhìth orra a ruigsinn ann an dòigh shàbhailte, chothromach.** Bidh seo a' toirt a-steach lùghdachadh air neo-ionannachdan agus adhartachadh air co-ionannachd chothroman do dhaoine a tha gan aithneachadh fhèin mar dhaoine le feartan dìonta fo Achd na Co-ionannachd 2010. 'S ann gu h-àraid tro leasachaidhean air roghainnean siubhail seasmhach a thèid seo a choileanadh.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Ruigsinneachd; Clàran-ama, siubhal gun phlanadh agus riatanach; Aiseagan nan ùghdarrasan ionadail; Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean; Guth na coimhearsnachd agus soilleireachd; Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean; Earbsachd agus daingneachd.

- **Furasta ri chleachdadh dhan a h-uile duine:** bidh na seirbheisean aiseig againn mothachail gu bheil feumalachdan agus comasan eadar-dhealaichte aig daoine, 's nithear cinnteach gun gabh na seirbheisean a chleachdadh leis a h-uile duine, le cho beag de bhacaidhean ann 's a ghabhas.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Ruigsinneachd; Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean; Faraidhean; Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean; Guth na coimhearsnachd agus soilleireachd; Earbsachd agus daingneachd; Clàran-ama, siubhal gun phlanadh agus riatanach.

- **Air prìs reusanta:** bidh sinn a' beachdachadh air roghainnean a bheir buaidh air beatha dhaoine ann an dòigh a tha neo-chosgail agus seasmhach do luchd-cleachdaidh aiseagan agus luchd-pàighidh chìsean.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean; Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean; Comas-lìonaidh agus iarrtas; Faraidhean; Seirbheisean frachd.

A rèir RNACE, tha sinn airson taic a chumail ri slighe na h-Alba a dh'ionnsaigh comann-sòisealta nas cothromaiche agus nas co-ionainne a dh'fhàsas thar roinnean eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail, 's e a' libhrigeadh soirbheas do mhuinntir agus àitichean nan eilean. Bidh comann-sòisealta cothromach, co-ionann agus eaconamaidh nas beartaiche, nas uaine a' neartachadh a chèile.

Tha am PCE a' mìneachadh nan ceumannan a ghabhas sinn gus cothroman air a' mhargadh-obrach a leasachadh do choimhearsnachdan a tha an urra ri aiseagan. Bithear a' coileanadh seo tro bhith a' dèiligeadh ri bacaidhean structarail, leithid neo-ionannachd agus prìsean reusanta, nuair a thathar airson seirbheisean aiseig agus modhan còmhdhail eile a chumas taic riutha a ruigsinn.

Prìomhachas 3: Aonaichte

Seirbheisean aiseig a leigeas le daoine roghainnean siubhail seasmhach, gnìomhach a dhèanamh a chumas taic ri slàinte agus math dhaoine agus a dh'fhàgas na coimhearsnachdan eileanach againn – agus coimhearsnachdan eile a tha an urra ri aiseagan – nam fìor dheagh àitichean-còmhnaidh, àitichean-obrach agus àitichean-tadhail. Bidh na seirbheisean-aiseig againn:

- **A' cumail taic ri daoine gus roghainnean-siubhail seasmhach, gnìomhach a dhèanamh** a bheir fìor dheagh bhuaidh air slàinte dhaoine fa leth, agus air an cuid maith chorporra agus inntinn.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean; Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean; Earbsachd agus daingneachd; Buaidh carboin agus àrainneachdail ìosal.

- **A' cumail taic ri roghainnean-siubhail aonaichte:** bidh co-aonachadh nas fheàrr eadar lìonraidhean nan aiseagan againn agus modhan còmhdhail eile – gu h-àraid modhan gnìomhach agus seasmhach – fìor chudromach nuair a thèid an Ro-innleachd seo a libhrigeadh, an dà chuid air an tìr-mhòr agus anns na h-eileanan no na coimhearsnachdan dùthchail ris a bheil iad a' ceangal.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean; Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean; Earbsachd agus daingneachd; Clàran-ama, siubhal gun phlanadh agus riatanach; Seirbheisean nan ùghdarrasan ionadail.

- **Nan cuideachadh gus na coimhearsnachdan eileanach againn – agus coimhearsnachdan eile a tha an urra ri aiseagan – fhàgail nam fìor dheagh àitichean-còmhnaidh, àitichean-obrach agus àitichean-tadhail, 's seo a' cur ri cothromachadh fallain an t-sluaigh:** 's ann tro bhith a' cur cuideam air roghainnean siubhail gnìomhach a bhrosnaicheas sinn coiseachd, rothaireachd agus cleachdadh còmhdhail phoblach. Bidh seo a' brosnachadh barrachd chothroman do dhaoine a bhith a' coinneachadh ri chèile, a' cuideachadh ghnìomhachasan agus sheirbheisean ionadail, agus a' cruthachadh choimhearsnachdan beòthail.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean; Earbsachd agus daingneachd; Guth na coimhearsnachd agus soilleireachd; Ruigsinneachd; Clàran-ama, siubhal gun phlanadh agus riatanach; Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean; Seirbheisean nan ùghdarrasan ionadail.

Tha dùbhlain sluaigh ro iomadh coimhearsnachd leth-eileanach agus eileanach, agus tha e riatanach gun dèiligear ris na dùbhlain sin feuch an gabh rùintean na RNACE a choileanadh leis na coimhearsnachdan seo.

Tha am Plana seo a' cumail taic ris a' Phlana a th' ann mar-thà (2019), agus ri Plana Nàiseanta nan Eilean a tha ri thighinn, tro bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain a tha ro mhuinntir nan eilean. Thèid seo a dhèanamh tro bhith a' dèiligeadh ri bacaidhean air ceanglaichean còmhdhail a tha ro chuid a dhaoine, leithid phàrantan agus luchd-cùraim a dh'fheumas na sgilean agus na teisteanasan a thogail leis an urrainn dhaibh obraichean a lorg, 's lùghdachadh air bochdainn cloinne a' tighinn an cois seo.

'S ann tron PhCE, còmhla ris an 2na Breithneachadh air Planaichean Còmhdhail Ro-innleachdail (BPCR2), a thathar airson eileanan na h-Alba a chuideachadh gus a bhith nas ruigsinniche do luchd-còmhnaidh, do luchd-tadhail agus do ghnìomhachasan; airson comas-ceangail nas fheàrr a chruthachadh le roghainnean còmhdhail seasmhach, air am faighear cothrom le teicneòlas glic agus a tha nas glaine; agus airson aire a tharraing air a' phàirt dheatamach a chluicheas tasgadh-airgid ann an còmhdhail, gus an gabh an eaconamaidh anns na h-eileanan againn a leasachadh, 's an leasachadh seo ga chumail suas.

Prìomhachas 4: Buaidh Carboin agus Àrainneachdail Ìosal

Seirbheisean aiseig a ghabhas ceumannan gus droch bhuaidh an cuid obrach air an àrainneachd a lùghdachadh agus taic a chumail ri coileanadh targaidean cothromachaidh-carboin na h-Alba. Bidh na seirbheisean-aiseig againn:

- **A' leigeil le daoine roghainnean-siubhail a dhèanamh a lùghdaicheas na buaidhean fad-ùine air an àrainneachd agus air math nan ginealaichean ri teachd:** 's ann tro bhith a' dealbhadh agus a' cur an sàs phoileasaidhean agus ghnìomhan a chumas taic ri dìon na h-àrainneachd nàdarraich agus eachdraidheil a bheir sinn deagh bhuaidh air na ginealaichean againn ri teachd nuair a bhios sinn a' siubhal air na seirbheisean aiseig againn.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Buaidh carboin agus àrainneachdail ìosal, Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean; Seirbheisean nan ùghdarrasan ionadail; Comas-lìonaidh agus iarrtas; Earbsachd agus daingneachd.

- **Freagarrach a thaobh buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde:** tha na h-eileanan againn a' fulang mar-thà fo bhuaidh atharrachadh na gnàth-shìde, agus bheir sinn atharrachadh air na seirbheisean aiseig agus air a' bhun-structar againn airson 's gum mair iad làidir agus gun lùghdaich iad a' bhuaidh chronail air ginealaichean ri teachd.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean; Soithichean agus puirt; Buaidh carboin agus àrainneachdail ìosal; Co-aonachadh agus comas-ceangail nan seirbheisean.

- **Nan cuideachadh le lìbhrigeadh na targaid cothromachaidh-carboin againn:** feumaidh Alba gluasad gu bhith na h-eaconamaidh le cothromachadh-carboin, a-chùm leas na h-àrainneachd, nan daoine agus an t-soirbheis ri teachd againn. Cumaidh sinn taic ri lìbhrigeadh gealltanais Riaghaltas na h-Alba gun tèid cothromachadh-carboin a thaobh sgaoilidhean ghasaichean taighe-ghlainne a ruigsinn ro 2045, ann an dòigh chothromach agus cheart, tro lìbhrigeadh nan seirbheisean aiseig agus a' bhun-structair againn.

Tha an toradh seo stèidhichte air na cuspairean a leanas, 's iad gan deasbad nas fhaide air adhart anns a' phàipear seo: Buaidh carboin agus àrainneachdail ìosal; Soithichean agus puirt.

Chan e riatanas àrainneachdail a-mhàin ach cothrom eaconamach a tha an lùib a bhith a' gluasad gu cothromachadh-carboin. Tha Alba na stiùiriche cruinneil mar-thà ann am farsaingeachd de phrìomh ghnìomhachasan san latha an-diugh agus san latha a-màireach, nam measg cumhachd ath-nuadhachail, eaconamaidh an haidridein, am fànas, an eaconamaidh ghorm agus gnìomhachasan cruthachail, agus tha eileanan na h-Alba gu bhith a' cluich pàirt mhòr bho seo a-mach.

Maoineachadh agus seasmhachd ionmhasail

Tha na cosgaisean airson seirbheisean aiseig a thoirt seachad àrd, 's iad ag èirigh – tha seo a' cruthachadh dhùbhlain a thaobh phrìsean reusanta, an dà chuid do Riaghaltas na h-Alba agus do dh'ùghdarrasan ionadail. Tha sinn beò ann an àm de dhùbhlain ionmhasail leantainneach, agus cha bhi e seasmhach ma bhios sinn fhathast ag àrdachadh maoineachadh nan seirbheisean aiseig aig an aon ìre ris na bliadhnaichean sa chaidh. Cha ghabh Plana Cheanglaichean nan Eilean seo a chur an gnìomh gu soirbheachail ach tro stèidheachadh bunait ionmhasail fhad-ùine, 's i tèarainte agus seasmhach, airson nan ceanglaichean còmhdhail anns na h-eileanan againn.

Cuiridh Plana Cheanglaichean nan Eilean ri sin tro bhith a' toirt seachad Measaidhean làidir, ùraichte air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan. 'S ann air sgàth nan sgrùdaidhean seo a bhios e comasach beachdachadh air farsaingeachd de roghainnean a thaobh sheirbheisean agus tasgadh-airgid do gach coimhearsnachd, 's na sgrùdaidhean a' toirt seachad fianais a bhios feumail nuair a thig e gu co-dhùnaidhean a dh'fhaodas a bhith duilich air cosg airgid san àm ri teachd. Tha sinn gu math mothachail air dè cho cudromach 's a tha ceanglaichean còmhdhail dhan chomann-sòisealta san fharsaingeachd. Nì sinn cinnteach gun tèid na beachdachaidhean seo a chlàradh gu h-iomlan anns na sgrùdaidhean againn air Luach an Airgid, 's am fiosrachadh annta ga chleachdadh anns a' phròiseas co-dhùnaidh sin.

Mar a thèid a mhìneachadh anns a' phàipear seo, bidh sinn cuideachd a' beachdachadh air mar a ghabhas taic a chumail ri seasmhachd ionmhasail nan ceanglaichean còmhdhail eileanach le diofar mhodhan, leithid siubhail-adhair no ceanglaichean stèidhichte, agus le diofar dhòighean-obrach, leithid cheanglaichean eadar-eileanach, seirbheisean frachd, seirbheisean do luchd-siubhail, agus aonachadh nas fheàrr le slighean-siubhail a bheir daoine air adhart no a thig an àite shlighean briste. 'S ann air sgàth seasmhachd ionmhasail a ghabhas ro-phlanadh misneachail a dhèanamh – chan ann le riaghaltasan, companaidhean san roinn agus sealbhadairean sho-mhaoinean a-mhàin, ach le coimhearsnachdan agus gnìomhachasan eileanach.

Anns an [aithisg mheasaidh de Chosgais Co-ionann ri Rathad \(CCR\) air Seirbheisean Aiseig Chluaidh is Innse Gall \(SACIG\)](#), bhathar a' meas gun tàinig tuiteam de 34% air faradh cuibheasach gach neach-siubhail, agus 40% airson gach càr, às dèidh cur air dòigh na CCR air an lìonra SACIG. A thuilleadh air sin, às dèidh lùghdachadh de 20% ann an 2018 air a h-uile faradh do luchd-siubhail agus do chàraichean air na slighean SAET eadar Obar Dheathain – Kirkwall – Lerwick, tha muinntir nan eilean air buannachd fhaighinn à lùghdachadh de 20% air faraidhean-ceabain cuideachd, còmhla ris an reòthadh air faraidhean do dh'eileanaich a chaidh a chur an sàs ann an 2020. Cuideachd, chaidh a h-uile faradh-aiseig air na lìonraidhean SACIG agus SAET a reòthadh fad bliadhna ann an 2023.

Tha a' chosgais obrachaidh bhliadhnail iomlan gus seirbheisean SACIG agus SAET a thoirt seachad air a dhol suas mu 75% (SACIG) agus 46% (SAET) thairis air an deichead a dh'fhalbh, agus 's e 18% air SACIG agus 43% air SAET na h-àrdachaidhean co-fhreagrach air teachd a-steach bho prìsean luchd-siubhail. Thèid an còrr dhe na cosgaisean seo a choileanadh le teachd a-steach eile (m.e. bho bhathar a reicear air bòrd) agus, gu ìre mhòr, le taic-airgid bho Riaghaltas na h-Alba.

Cuideachd, a' tòiseachadh ann an 2018-19 agus a' crìochnachadh ann an 2024-25, tha Riaghaltas na h-Alba air £220 millean a thoirt dha na ceithir ùghdarrasan ionadail air a bheil uallach airson bhàtaichean-aiseig. Chaidh aig Riaghaltas na h-Alba air taic de chòrr is £41m a chumail suas bhon bhuidseat ann an 2024-25, ann an teas-meadhan suidheachaidh ionmhasail fìor dhùbhlanach.

Tha an easbhaidh bhliadhnail eadar cosgaisean obrachaidh SACIG agus SAET agus teachd a-steach bho fhàraidhean aiseig air a dhol suas faisg air 100% thairis air an deichead a dh'fhalbh.

Tha seo a' ciallachadh gum bi feum air £2 eile de dh'airgead poblach airson gach £1 a phàigheas neach-cleachdaidh aiseig.

Ged a tha e fhathast riatanach gum bi prìsean nan seirbheisean-aiseig againn reusanta do choimhearsnachdan a tha an urra ri aiseagan, feumaidh gum bi iad reusanta dhan Riaghaltas agus do luchd-pàighidh chìsean ann an Alba cuideachd. Leis a' phoball fhathast faiceallach nuair a thig e gu cosg airgid, feumaidh gum bi co-dhùnaidhean soilleir, cothromach a dhèanamh air cosg agus tasgadh-airgid leis an fheadhainn a nì co-dhùnaidhean am broinn riaghaltasan nàiseanta agus ionadail. Feumaidh gum bi na co-dhùnaidhean seo stèidhichte air prìomhachasan agus prìsean reusanta a chaidh aontachadh.

Mar phàirt dhe na co-dhùnaidhean duilich seo, tha an Riaghaltas seo air faraidhean-aiseig a thogail 10% ann an 2025-26, 's seo a' toirt ìrean faraidh air ais do dh'ìre timcheall air na bhathar a' cosg mus deach na faraidhean a reòthadh ann an 2023-

24. Leis an reòthadh air faraidhean-aiseig, chaidh taic a chumail ri coimhearsnachdan eileanach tro èiginn nan cosgaisean bith-beò, ach 's e cnag an reòthaidh seo gun do dh'fhuiling an Riaghaltas call de £10 millean sa bhliadhna. Ged a tha e fhathast cudromach taic a chumail ri coimhearsnachdan eileanach, 's ann mar thoradh air cuideam leantainneach air buidseatan poblach nach bi e seasmhach tuilleadh reòthaidhean air faraidhean a thabhann.

Ann am Plana nan Soithichean agus nam Port, gheibhear mìneachadh air an dòigh anns an tèid prìomhachas a thoirt do thasgadh-airgid anns a' bhun-structar san àm ri teachd, airson 's gun tèid taic a chumail ris na seirbheisean-aiseig seo.

Cuspairean

Chaidh co-chomhairleachadh poblach air dreachd na Dòigh-obrach Ro-innleachdail airson Plana Cheanglaichean nan Eilean, agus air dreachd Plana nan Soithichean agus nam Port, a chumail eadar a' chiad latha dhen Ghearran agus an 6mh latha dhen Chèitean 2024. Cuideachd, chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air molaidhean bho choimhearsnachdan agus air fianais bhuntainneach eile, gu h-àraid air an aithisg bho Chomataidh Cothromachaidh-Charboin, Cumhachd agus Còmhdhail (CCCC) aig Pàrlamaid na h-Alba, agus air aithisg co-chomhairleachaidh a thaobh "[Pròiseact Neptune](#)". Mar thoradh air seo, tha sinn air na cuspairean a leanas ainmeachadh ris am feumar dèiligeadh tro Phlana Cheanglaichean nan Eilean:

- Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean
- Guth na coimhearsnachd agus soilleireachd
- Comas-lìonaidh agus iarrtas
- Earbsachd agus daingneachd
- Ruigsinneachd
- Clàran-ama; siubhal gun phlanadh agus riatanach
- Co-aonachadh
- Frachd
- Soithichean agus puirt
- Buidh carboin agus àrainneachdail ìosal
- Faraidhean aiseig
- Seirbheisean nan ùghdarrasan ionadail

Tha sinn air an còrr dhen phàipear seo a stèidheachadh air na 12 cuspairean, 's sinn a' mìneachadh na h-obrach a tha fo làimh mar-thà agus nan gealltanasan againn a th' air an stiùireadh le coimhearsnachdan agus luchd-ùidhe nan aiseagan. 'S ann air sgàth seo a nithear adhartas a dh'ionnsaigh na Lèirsinn agus nam Prìomhachasan, 's leasachaidhean a' tighinn na chois air na seirbheisean aiseig againn san fharsaingeachd.

Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean

Airson a bhith ag obair a dh'ionnsaigh Lèirsinn agus Prìomhachasan a' PhCE agus a' cumail taic ri seasmhachd eileanan na h-Alba, feumaidh fios a bhith againn air dè na feumalachdan a th' aig gach coimhearsnachd eileanach a thaobh cheanglaichean còmhdhail, a bheil na feumalachdan seo gan coileanadh, agus a bheil iad gan coileanadh anns an dòigh as èifeachdaiche.

Anns na Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan a thathar a' planadh, bithear ag amas air na ceistean seo a fhreagairt, airson 's gun gabh ceanglaichean còmhdhail eileanach san àm ri teachd a phlanadh. Bithear ag aithneachadh dè na roghainnean a tha ann gus dèiligeadh ri duilgheadasan a chithear an-dràsta, agus gus luach an airgid a thoirt seachad do luchd-còmhnaidh agus luchd-pàighidh chìsean. Bidh iad ag aithneachadh an ann air companaidhean prìobhaideach no air ùghdarrasan ionadail a tha an dleastanas airson nan seirbheisean seo.

Tha coimhearsnachdan eileanach air innse dhuinn gum bi na feumalachdan agus prìomhachasan a thaobh cheanglaichean còmhdhail eadar-dhealaichte ann an diofar shlighean agus coimhearsnachdan – agus cuideachd thar ùine. Tha seo follaiseach gu h-àraid nuair a thig atharrachaidhean mòra air iarrtasan dhaoine an cois leasachaidhean air eileanan na h-Alba, 's iad tarraingeach do ghnìomhachasan calpa soirbheachail.

Tha an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo ag aithneachadh dè cho cudromach 's a tha na cothroman eaconamach a tha gnìomhachasan gealltanach agus seasmhach a' toirt dha na h-eileanan againn. Tha i cuideachd ag amas air planaichean leasachaidh an ama ri teachd a stiùireadh. Bidh na Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan a' toirt fianais do dh'ùghdarrasan agus do ghnìomhachasan, airson 's gun urrainn dhaibh co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh nuair a bheachdaicheas iad air feumalachdan còmhdhail an ama ri teachd gu agus bho na h-eileanan.

Tha comas aig seirbheisean-adhair agus ceanglaichean stèidhichte piseach a thoirt air earbsachd agus daingneachd nan ceanglaichean còmhdhail eileanach chun an tìr-mhòir. Dh'fhaodadh iad neart agus prìomhachas a thoirt do cheanglaichean eadar eileanan cuideachd, 's buannachd ann dhan a h-uile eilean, agus cothrom ann air èifeachdas fad-ùine do choimhearsnachdan a bharrachd air lìbhrigeadh seasmhach de sheirbheisean poblach.

'S e siubhal-adhair an dòigh as luaithe, agus an dòigh a thathar tric a' meas as goireasaiche, airson siubhal gu, bho agus eadar eileanan, agus faodaidh e a bhith nas fheàrr dhan àrainneachd na siubhal air bàta-aiseig agus/no sa chàr. Do mhòran, gu

h-àraid anns na h-Eileanan mu Thuath agus ann an Innse Gall, tha an t-seirbheis adhair a' ceangal dhaoine gu cùram-slàinte, foghlam, gnìomhachas agus seirbheisean riatanach eile. Tha sinn air taic-airgid ùrachadh agus àrdachadh mar-thà dha na seirbheisean adhair bho Ghlaschu gu Tiriodh, Barraigh agus Ceann Loch Chille Chiarain, airson taic a chumail ris na ceanglaichean riatanach seo. Do chuid a dh'eileanan, 's e siubhal-adhair an aon dòigh anns an gabh turas chun an tìr-mhòir a ghabhail taobh a-staigh latha a-mhàin, agus faodaidh e cosgaisean iomlan a lùghdachadh cuideachd, leis nach fheumar seòmar a ghabhail airson na h-oidhche mar a dh'fheumar gu tric ma thathar a' siubhal air aiseag. Tha roinn na h-itealanachd cuideachd a' fosgladh cheanglaichean a bheir daoine air adhart gu cinn-siubhail nàiseanta agus eadar-nàiseanta eile, 's iad a' cumail taic ri eaconamaidhean ionadail tro thurasachd, gnìomhachas agus malairt. Faodaidh siubhal-adhair a bhith nas seasmhaiche ri linn droch shìde cuideachd.

Leis na roghainnean a tha stèidhichte air feumalachdan agus a chaidh ainmeachadh tro na Measaidhean air Feumalachdan sa Choimhearsnachd, dh'fhaodadh gum bi cuid a cheanglaichean còmhhdail a th' ann mar-thà nas luachmhoire na cuid eile. Mar eisimpleir, tha na Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan cuideachd nan cothrom a bhith a' beachdachadh air roghainnean san àm ri teachd a thaobh àireamh agus meud nan soithichean-aiseig. Bidh iad cuideachd nam pàirt dhen bheachdachadh a nì sinn air dè seòrsa Luach an Airgid a tha an lùib roghainnean sheirbheisean-aiseig agus, anns an ùine nas fhaide, an lùib mholaidhean air ceanglaichean stèidhichte. 'S ann tro bharrachd eadar-obrachaidh agus cunbhalachaidh de shoithichean agus de phuirt a nochdas cothroman air slighean ùra no eadar-dhealaichte eadar eileanan, no eadar eileanan agus an tìr-mòr. A thaobh na roghainn slighean no àitichean-puirt eile a thoirt fa-near san àm ri teachd, bu chòirear cuimhne a chumail air an roghainn seo.

Anns an Dàrna Breithneachadh air Pròiseactan Còmhhdail Ro-innleachdail le Còmhhdail Alba (BPCR2), chaidh co-dhùnadh gun gabh piseach a thoirt air earbsachd, comas-ceangail, comas-lìonaidh agus ùine siubhail, agus gun gabh ath-dhealbhadh nas fharsainghe a dhèanamh air seirbheisean aiseig, ma thèid ceanglaichean stèidhichte a chur an àite sheirbheisean aiseig. Ge-tà, tha barrachd sgrùdaidh a dhìth airson tuigse fhaighinn air na sàbhalaichean fad-ùine a dh'fhaodadh a thighinn an cois seo.

Ann am BPCR2, chaidh beachdachadh air àireamh mhòr de mholaidhean a thaobh ceanglaichean ùra, stèidhichte do choimhearsnachdan a tha mar-thà air am frithealadh le seirbheisean SACIG agus SAET. Cuideachd, chaidh tuilleadh obrach a mholadh airson coimhead air trì ceanglaichean a dh'fhaodte a chur an àite sheirbheisean SACIG a th' ann an-dràsta, 's ath-dhealbhadh nan seirbheisean sin a' tighinn na chois:

- Caolas na Hearadh – a' ceangal nan Uibhistean agus na Hearadh/Leòdhas

- Caolas Bharraigh – a’ ceangal Barraigh agus na h-Uibhistean
- Muile agus tìr-mòr na h-Alba

Ann an coimhearsnachdan eileanach air a bheil na duilgheadasan aiseig a’ toirt buaidh dhìreach, bha beachdan measgaichte ann air na ceanglaichean stèidhichte gu h-àrd a chaidh a chomharrachadh ann am BPCR2. Nì sinn measadh nas mionaidiche airson buannachdan, cosgaisean agus dùbhlain nam molaidhean seo a sgrùdadh, agus nì sinn conaltradh ris na coimhearsnachdan sin airson tuigsinn a bheil na coimhearsnachdan fhèin a’ toirt taic dha na molaidhean a thaobh cheanglaichean stèidhichte. 'S ann tro obair nam Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan a thèid taic a chumail ris na sgrùdaidhean seo, 's feumalachdan còmhdhail nan coimhearsnachdan gan ainmeachadh.

Ged a tha ceanglaichean stèidhichte eile fhathast fo dhleastanas nan ùghdarrasan ionadail, gabhaidh modh-eòlas nam Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan a chleachdadh gus taic a chumail ri leasachadh mholaidhean-gnìomhachais làidir a tha a rèir amasan Ministearan na h-Alba agus na Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo. Mar eisimpleir, tha Comhairle Eileanan Shealtainn a’ dèanamh rannsachadh, tron Sgrùdadh aca air Comas-ceangail, air na fuasglaidhean iomchaidh do choimhearsnachdan; dh’fhaodadh grunn cheanglaichean stèidhichte ris na h-eileanan aca a thighinn an cois seo. Agus tha Comhairle na Gàidhealtachd a’ rannsachadh ceangal stèidhichte thar Caolas a’ Chorrain ann an sgrùdadh air iomchaidheachd a tha fo dhleastanas HITRANS agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Do gach slighe SACIG agus SAET a th’ ann an-dràsta, chaidh crìoch a chur mar-thà air eacarsaich a chruinnich dàta-tòiseachaidh riatanach air comas-ceangail eileanach, m.e. a thaobh earbsachd, comas-lìonaidh agus co-aonachadh. Tha an eacarsaich seo a’ toirt a-steach dàta bho chompanaidhean aiseig agus bho thùsan eile.

Cleachdaidh sinn am fiosrachadh seo mar phuing-thòiseachaidh gus feumalachdan còmhdhail ann an gach coimhearsnachd a mheasadh. Leis an obair seo, agus tro bhith a’ conaltradh ri coimhearsnachdan agus luchd-ùidhe eile, thèid roghainnean ainmeachadh airson dèiligeadh ri duilgheadasan agus coimhead air cothroman atharrachadh a thoirt air seirbheisean a th’ ann an-dràsta. 'S e na leanas prògram-comharrachaidh airson 's gun gabh tòiseachadh air a’ Mheasadh air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan a thathar a’ planadh dha na slighean SACIG agus SAET. Tha seo fhathast an urra ri aonta buidseatach:

- Cairteal 2 (C2) 2025 – Eileanan mu Thuath
- C2 2025 – Seirbheisean stèidhichte san Òban
- C3 2025 – Seirbheisean Chluaidh agus Chinn Tìre (gun Chomhghall/Ros Neimhidh)

- C3 2025 – Na h-Eileanan Siar (faodar seo a chur còmhla ri pasgan Mhalaig)
- C4 2025 – Seirbheisean a tha stèidhichte ann am Malaig, agus Ratharsair
- C4 2025 – Ìle, Diùra agus Giogha

Mus bi tuigse shoilleir ann air cò ris a bhios ceanglaichean còmhdhail eileanach coltach san àm ri teachd, cuiridh sinn planaichean air dòigh airson soithichean ùra a chur an àite na feadhainn a th' ann an-dràsta nuair a thig an t-àm sin a dhèanamh. Tha seo air a mhìneachadh ann am Plana Soithichean agus Puirt a' PhCE.

Rinn sinn na leanas:

- Dh'fhoillsich sinn na ciad [Mheasaidhean air Feumalachdan sa Choimhearsnachd do Chomhghall agus Ros Neimhidh](#).
- Cheadaich sinn sgrùdadh coimeasach ann an 2021 air seirbheisean adhair agus aiseig air na lìonraidhean SACIG agus SAET. Chaidh na leanas a lorg:
 - Dhan fheadhainn a tha a' siubhal leotha fhèin, tha e nas slaodaiche ach nas saoire san fharsaingeachd an t-aiseag agus còmhdhail phoblach a chleachdadh còmhla an àite a bhith a' siubhal le aiseag agus càr, no san adhar agus an uair sin air còmhdhail phoblach.
 - Dhan fheadhainn a tha a' siubhal ann am buidheann, fàsaidh e nas fharpaisiche an t-aiseag agus càr a chleachdadh.
 - Tha e dualtach gum bi siubhal-adhair na roghainn nas mòr-chòrdte air tursan nas fhaide.
 - Tha siubhal-aiseig nas eisimeiliche air na ràithean na tha siubhal-adhair, 's coltas ann gum mìnich seo na roghainnean a nì luchd-turais a thaobh siubhal le càr agus air aiseagan.

Nì sinn na leanas:

- Foillsichidh sinn am modh-eòlas ùraichte airson nam Molaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan agus an dàta-tòiseachaidh riatanach air comas-ceangail eileanach, 's earbsachd, comas-lìonaidh agus co-aonachadh gan toirt a-steach.

- **Cuiridh sinn crìoch air na th' air fhàgail de na Measaidhean air Feumalachdan Choimhearsnachdan do choimhearsnachdan eileanach agus leth-eileanach a tha air am frithealadh le aiseagan SACIG agus SAET.**

- Nì sinn cinnteach gum bi Plana Cheanglaichean nan Eilean seo freagarrach air atharrachaidhean ri teachd. An lùib seo, bidh feum ann air ath-nuadhachadh na Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo agus nam planaichean-lìbhrigidh co-cheangailte rithe; 's iad na Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan agus Plana nan Soithichean agus nam Port. Thèid an ath-

nuadhachadh a h-uile còig bliadhna, feuch am bi tuigse shoilleir ann air dùbhlain agus feumalachdan a thaobh cheanglaichean còmhdhail eileanach, agus gun tèid poileasaidhean co-cheangailte ri seo a leasachadh a rèir nam feumalachdan as ùire.

- Nì sinn measaidhean mionaideach a thaobh nam molaidhean air ceanglaichean stèidhichte ann an Caolas na Hearadh, Caolas Bharraigh agus Caolas Mhuile, agus mar chiad cheum, obraichidh sinn còmhla ri Comhairle nan Eilean Siar air an t-suirbhidh coimhearsnachd aca airson beachdan nan eileanach a thuigsinn air ceanglaichean stèidhichte a dh'fhaodadh a bhith ann.
- Mar phàirt de dh'Aithisg na h-Itealanachd a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid, obraichidh sinn còmhla ri luchd-ùidhe airson beachdachadh air cothroman leis an gabh seirbheisean luchd-siubhail agus frachd, agus na thathar a' tabhann de thurasachd, a leasachadh. An lùib seo, bidh feum ann rannsachadh a dhèanamh air mar a ghabhadh ceanglaichean a leasachadh do choimhearsnachdan eileanach agus dùthchail tro itealain gun sgaoilidhean, no le glè bheag de sgaoilidhean.

Guth na coimhearsnachd agus soilleireachd

Ged a bha mòran shuirbhidhean agus co-chomhairleachaidhean ann mar-thà a thaobh ghnothaichean eileanach, tha sinn air cluinntinn bho choimhearsnachdan nach deach iarrtasan agus molaidhean a rinn coimhearsnachdan agus luchd-ùidhe an-còmhnaidh a chur an gnìomh, agus gu bheil cion soilleireachd ann air mar a chaidh co-dhùnaidhean a dhèanamh. Tha sinn cuideachd air cluinntinn gum bu chòir conaltradh nas brìoghmhoire a bhith ann ri coimhearsnachdan, 's coimhearsnachdan a bhith barrachd an sàs a thaobh co-dhùnaidhean.

Tha sinn ag aontachadh gu tur gu bheil e riatanach a bhith a' cluinntinn bho fharsaingeachd de ghuthan, agus is tric a thèid Ministearan agus oifigearan aig Còmhdhail Alba ann an conaltradh ri iomadh neach-cleachdaidh agus neach-ùidhe co-dhiù. Chan e co-aonta, ach farsaingeachd de bheachdan a tha ann a thaobh ghnothaichean aiseig, ge-tà. Tha sinn ag iarraidh cluinntinn bhon a h-uile duine a tha airson a chuid bheachdan agus fiosrachaidh eile a thoirt dhuinn air dùbhlain agus cothroman ionadail, agus feumaidh an fheadhainn a nì co-dhùnaidhean na beachdan seo a thoirt fa-near.

Tha beachdan aig coimhearsnachdan ionadail agus aig prìomh chom-pàirtichean eile deatamach, ma thathar airson feumalachdan còmhdhail na coimhearsnachd a thuigsinn agus dòighean a lorg gus taic a chumail ri prìomhachasan ionadail agus ro-innleachdail. Ghabhadh seo a dhèanamh, mar eisimpleir, nam faighte cothrom ann an deagh àm air planaichean-leasachaidh ionadail a chaidh ullachadh le ùghdarrasan ionadail. Leis a seo, bu chòir beachdan nas coileanta a thogadh nas tràithe a bhith rim faotainn a thaobh co-dhùnaidhean planaidh air cleachdadh-

fearainn agus buaidh sam bith air a' bhun-structar còmhdhail, 's aiseagan na mheasg.

Rinn sinn na leanas:

- Bhruidhinn sinn mar-thà ri coimhearsnachdan ionadail ann an 34 àitichean air feadh eileanan na h-Alba mar phàirt dhe na co-chomhairleachaidhean poblach air an Dòigh-obrach Ro-innleachdail agus air Plana nan Soithichean agus nam Port seo, agus air an ath chùmhnannt SACIG cuideachd.
- Stèidhich sinn dòighean-obrach coitcheann le CMAL a thaobh conaltradh ris a' choimhearsnachd air pròiseactan soithich agus puirt – faic Plana nan Soithichean agus nam Port airson tuilleadh fiosrachaidh.
- Bha conaltradh math againn ri Bòrd Coimhearsnachd nan Aiseagan bho chaidh a chruthachadh ann an 2017 agus ri fòraman Còmhdhail Taobh a-Muigh Arcaibh agus Shealtainn.
- Thug sinn geall gum meudaicheadh sinn an ìre de chonaltradh ri buill-choimhearsnachd, 's conaltradh tràth ann aghaidh ri aghaidh, gus clàran-ama a dheasbad. Gheall sinn cuideachd gun dèanamaid ath-sgrùdadh air a' phròiseas co-chomhairleachaidh a thaobh atharrachaidhean mòra air seirbheisean, mar phàirt dhen Phlana Atharrachaidh agus Leasachaidh a dh'fhoillsich CalMac bho chionn ghoirid. Bha an leudachadh air na Manaidsearan Ghnìomhan Sgìreil, 's iad stèidhichte gu h-ionadail, an lùib seo.
- Chaidh Fòram Còmhdhail nan Eilean ath-stèidheachadh, 's ceannardan aig ùghdarrasan eileanach ionadail agus Ministearan na h-Alba gan toirt còmhla gus còmhraidhean a chumail air mar as urrainnear obair còmhla airson piseach a thoirt air seirbheisean còmhdhail do choimhearsnachdan.
- Chaidh còmhraidhean tòiseachaidh a chumail ri Comhairle Eileanan Shealtainn, agus chaidh conaltradh a dhèanamh ri Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Eileanan Arcaibh air ullachadh nam Planaichean Leasachaidh Ionadail aca.
- Chaidh pròiseasan a leasachadh a thaobh iomairtean gus Buill-bhùird ùra fhasadh; mar thoradh air seo, chaidh Buill-bhùird ùra fhasadh bho chionn ghoirid aig Dàibhidh Mac a' Bhriuthainn Earranta agus CMAL, far a bheil daoine fa leth air dearbhadh gu bheil eòlas-beatha aca, no gu bheil eòlas agus tuigse aca air mar a bheir seirbheisean aiseig buaidh air coimhearsnachdan eileanach.

Nì sinn na leanas:

- Thèid pròtacalan aontaichte air conaltradh a stèidheachadh agus fhoillseachadh do Chòmhdhail Alba, CMAL agus na companaidhean san roinn; bheir seo a-steach a' phàirt a chluicheas coimhearsnachdan, na riochdairean aca, agus prìomh luchd-ùidhe.

- Mar phàirt de seo, bu chòirear smaoineachadh air ciamar agus cuin a dh'fheumadh conaltradh no co-chomhairleachadh a bhith ann ri coimhearsnachdan, agus ris na riochdairean aca, nuair a thèid co-dhùnaidhean a dhèanamh a bheir buaidh air beatha dhaoine. Cuideachd, bu chòir an cothromachadh ceart a bhith ann eadar seanailean didseatach agus traidiseanta; mar eisimpleir, tro bharrachd conaltraidh aghaidh ri aghaidh, tro chleachdadh chothroman didseatach, tro chonaltradh ris an fheadhainn a tha nas duilghe ri ruighinn, agus gun a bhith a' fàgail às eileanan a tha nas lugha no le sluagh nas lugha. Às dèidh na h-obrach seo, bu chòirear aithisg iar-chonaltraidh/iar-cho-chomhairleachaidh fhoillseachadh air mar a chaidh beachdachadh air na molaidhean a fhuairidh.
- Obraichidh sinn gus dèanamh cinnteach gu bheil comataidhean aiseig, no buidhnean co-ionann, ann, 's iad a' bruidhinn às leth a h-uile coimhearsnachd a thèid a fhrithleadh le aiseagan SACIG agus SAET.
- Tron ath chùmhnannt SACIG, thèid an dleastanas a th' air Bòrd Coimhearsnachdan nan Aiseagan – agus dè cho mothachail 's a tha na diofar choimhearsnachdan air – a leasachadh, 's prìomh amas a' Bhùird gum bruidhinn e às leth nan coimhearsnachdan a tha air am frithealadh le SACIG.
- Obraichidh sinn gus dèanamh cinnteach gun toir an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo agus Plana nan Soithichean agus nam Port stiùireadh coitcheann do chompanaidhean agus luchd-seilbh shoithichean air a bheil an dleastanas a bhith a' toirt seachad sheirbheisean SACIG agus SAET. Cuiridh sinn an sàs slatan-tomhais brìoghmhor is soilleir gus comharrachadh mar a tha na seirbheisean air an toirt seachad is a' coileanadh nan toradh a tha sinn a' sireadh thar nam buidhnean.
- Ri linn fastadh bhall ùra san àm ri teachd air Bùird DML, CMAL agus HIAL, cumaidh sinn am fòcas air iarrtasan a thàladh bho luchd-còmhnaidh nan eilean a sheallas na sgilean, an t-eòlas agus an t-eòlas-beatha a dh'fheumas a bhith aca airson 's gun urrainn dha na Bùird an cuid obrach a choileanadh gu h-èifeachdach.
- Cruthaichidh agus foillsichidh sinn Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach, 's e a' coimhead air Plana Cheanglaichean nan Eilean air fheadh. 'S e amas a' phròiseis seo gun dèanar cinnteach gun tèid na buaidhean air coimhearsnachdan eileanach a chlàradh agus a thoirt fa-near nuair a thig e gu cruthachadh phoileasaidhean agus phlanaichean a th' air am mìneachadh ann am Plana Cheanglaichean nan Eilean.

Comas-lìonaidh agus iarrtas

Ged a tha barrachd dhaoine san fharsaingeachd a' siubhal thar nan lìonraidhean SACIG agus SAET (12.44% bho 2013, 's na slighean Gallanach – Cearara, Gurraig – Dùn Omhain agus Gurraig – Cille Chreagain nam measg), tha barrachd dhaoine a' toirt leotha nan càraichean aca air aiseagan cuideachd. Thàinig àrdachadh ann an

giùlan chàraichean de 36% air SACIG agus de 68% air SAET eadar 2013 agus 2023. Dh'fhaodadh cuid dhen atharrachadh SACIG a bhith ann air sgàth 's gun deach cuid a charbadan coimeirsealta ath-sheòrsachadh mar chàraichean às dèidh do riaghailt na CCR tighinn a-steach ("riaghailt de 6m").

Mar thoradh air seo, tha gainneadan de rùm-carbaid ann air cuid a phrìomh shlighean, 's seo a' ciallachadh nach fhaod daoine – le glè bheag de rabhadh – siubhal air aiseagan len cuid chàraichean. 'S tric a thèid slighean leithid Àird Rosain-Tràigh a' Chaisteil, Ceann na Creige-Ìle, An t-Òban–Creag an Iubhair, Malaig-Armadal agus Ulapul-Steòrnabhagh ainmeachadh le prìomh luchd-ùidhe agus coimhearsnachdan a tha an urra ri aiseagan, 's iad ag ràdh nach eil comas-lìonaidh gu leòr ann air deic nan carbadan aig prìomh amannan-siubhail. Thig àrdachaidhean mòra san iarrtas air slighean eile a tha mòr-chòrdte airson turas-latha a ghabhail, leithid An Leargaidh-Cumaradh. Tha luchd-ùidhe SAET air an leithid a chuingeachaidhean a chomharrachadh a thaobh àitichean-ceabain agus rùm air deic nan carbadan, gu h-àraid air slighean gu agus bho Shealtainn.

Tha cuid a dh'eileanaich agus luchd-ùidhe a' meas àrdachadh anns a' chomas-lìonaidh air deic nan carbadan cho cudromach ri, no nas cudromaiche na, earbsachd agus daingneachd nan seirbheisean aiseig fhèin. Tha daoine cuideachd air innse dhuinn gu bheil cothroman ann gus an comas-lìonaidh a th' ann an-dràsta – agus a thathar a' planadh – a chleachdadh nas fheàrr, m.e. tro chonaltradh brìoghmhor ri eileanaich agus coimhearsnachdan, tro bhrosnachadh chompanaidhean-giùlain bathair gu bhith a' siubhal aig amannan sàmhach, agus tro bhith a' ruith sheirbheisean do bhathar a-mhàin (chithear barrachd mu sheirbheisean bathair anns an earrann "Frachd" dhen aithisg seo).

Aig amannan eile, agus air slighean eile, tha rùm ann airson 's gun tèid barrachd charbadan a ghiùlan; agus air seòladh sam bith aig àm sam bith, 's gann nach eil rùm ann do dhaoine. Tha an rùm falamh seo na chothrom barrachd dhaoine agus frachd a ghiùlan, rud a nì feum nas fheàrr dhe na soithichean agus a thàlas barrachd dhaoine agus malairt dha na h-eileanan.

Ma thèid seirbheisean aiseig nas earbsaiche agus nas daingne a lìbhrigeadh, thig àrdachadh nan cois air a' chomas-lìonaidh a bhios ann air cuid a phrìomh shlighean. Le soithichean nas motha agus barrachd sheirbheisean a' tighinn a-steach, tha an comas-lìonaidh air deic nan carbadan air a dhol suas mar-thà, agus thig tuilleadh àrdachaidhean tron deichead seo leis na thathar a' planadh a thaobh cleachdadh shoithichean ùra agus leasachaidhean air seirbheisean. Tro Mheasaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan agus co-obrachadh leantainneach le com-pàirtichean agus coimhearsnachdan, thig piseach air an tuigse a th' againn air prìomhachasan ionadail nan coimhearsnachdan, airson 's gun gabh measadh nas amasaichte a dhèanamh air roghainnean gus na prìomhachasan sin a choileanadh.

Mar a chaidh a mhìneachadh anns an Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta, thèid an [Rangachd Còmhdhail Sheasmhach](#) a riochdachadh ann an co-dhùnadh sam bith. Tha seo a' ciallachadh gun tèid prìomhachas a thoirt gu modailean nas seasmhaiche, leithid còmhdhail phoblach agus siubhal gnìomhach, nuair a thig e gu co-dhùnaidhean.

Rinn sinn na leanas:

- Thairis air an deichead a dh'fhalbh, chuir sinn dà shlighe ùr air dòigh, Àird Rosain – Ceann Loch Chille Chiarain agus Malaig – Loch Baghasdail, agus thàinig dà shlighe Cearara – Gallanach agus Gurraig – Cille Chreagain fo uallach Riaghaltas na h-Alba.
- Dh'àrdaich sinn tricead nan seirbheisean, gu h-àraid as t-samhradh, gu grunn eileanan, nam measg Arainn, Ìle, Muile, An t-Eilean Sgitheanach (Malaig-Armadal), Colla, Tiriodh, Colbhasa agus na h-Uibhistean.
- Mar a chaidh a mhìneachadh ann an earrann “Clàran-ama” a' Phàipeir seo, dh'obraich sinn còmhla ri companaidhean san roinn agus coimhearsnachdan, gus dòighean ùra a rannsachadh airson an comas-lìonaidh a riaghladh nuair a tha e gann.
- Chleachd sinn sùbailteachd bhunaiteach a' chùmhnaight SAET gus tuilleadh sheòlaidhean frachd a chur air dòigh, 's seo a' cruthachadh barrachd rùm air na soithichean do luchd-siubhail.
- Chuir sinn barrachd sheòlaidhean thar a' Chaoil Arcaich air a' chlàr-ama gu h-aithghearr.

Nì sinn na leanas:

- **Obraichich sinn còmhla ri companaidhean san roinn agus luchd-ùidhe eile gus ro-aithrisean ùraichte a chruthachadh. Bidh iad air an stiùireadh le leasachaidhean ris a bheilear an dùil, agus leis na cinn-uidhe agus poileasaidhean a th' air am mìneachadh anns na diofar eileamaidean de Phlana Cheanglaichean nan Eilean, de Phlana Nàiseanta nan Eilean (ath-nuadhaichte), agus dhen Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta.**

- Cleachdaidh sinn Measaidhean ath-nuadhaichte air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan gus diofar roghainnean ainmeachadh a thaobh tricead nan seirbheisean, agus meud is àireamh nan soithichean.
- Ann an co-obrachadh ri companaidhean san roinn agus coimhearsnachdan, ainmichidh sinn dòighean anns an gabh an comas-lìonaidh a th' ann an-dràsta – agus a thathar a' planadh – a chleachdadh nas fheàrr (faic na h-earrannan fa leth sa Phàipear seo air Co-aonachadh, Frachd, Earbsachd agus Daingneachd, agus Faraidhean).

- Tro Mheasaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan, ainmichidh sinn na prìomh “bhealaichean cumhang” air na lìonraidhean SACIG agus SAET, agus nì sinn beachdachadh air roghainnean a thaobh tuilleadh comas-lìonaidh do charbadan, ma tha seo practaigeach, buannachdail agus aig prìs reusanta. 'S e an t-àm as fheàrr seo a dhèanamh nuair a thathar a' dèanamh phlanaichean a thaobh shoithichean ùra – 's fios ann gum bi meud nan soithichean agus comas-giùlain charbadan air an cuingealachadh ann an cuid a dh'aitichean le comasan nam port agus nan rathaidean.


Earbsachd agus daingneachd

Tha luchd-cleachdaidh nan aiseagan agus coimhearsnachdan eileanach air innse dhuinn gur e an rud as cudromaiche a thaobh bhàtaichean-aiseig gun gabh earbsa a chur annta. Le taic mhòr bho luchd-freagairt nan co-chomhairleachaidhean, 's e Earbsachd agus Daingneachd a' chiad phrìomhachas a chaidh a dhearbhadh sa PhCE – nas lugha de bhriseadh sìos nan soithichean, earbsachd nas fheàrr a rèir na sìde, agus àrdachadh ann an seasmhachd na lìonraidh.

Tha Dealbh 2 a' sealltainn gu bheil earbsachd nan seirbheisean air a dhol sìos thairis air an deichead a dh'fhalbh, rud a chithear gu h-àraid air an lìonra SACIG. Tha àireamh nan aiseagan a thèid a chur dheth no a dh'fhalbhas gu fadalach, ri linn droch shìde agus briseadh sìos nam bàtaichean, air a dhol suas. Chaidh seo a cheangal ri sìde a tha a' fàs nas miosa agus cabhlach air a bheil cus cuideim. Air SACIG, tha fìor earbsachd nan aiseagan (an àite earbsachd chùmhchantail nach eil a' còmhdachadh fhactaran taobh a-muigh smachd nan companaidhean-aiseig, leithid droch shìde) air tuiteam bho 97% ann an 2012/13 gu 93% ann an 2023/24. Bha fìor earbsachd na lìonra SAET aig 93% ann an 2012/13, agus mhair i os cionn 96% suas ri 2023/24 nuair a thuit i gu 93%, sa mhòr-chuid air sgàth adhbharan co-cheangailte ris an aimsir.

'S e an aimsir sa mhòr-chuid a dh'adhbhraicheas gun tèid aiseagan a chur dheth, a rèir an dà chompanaidh-aiseig.

Ann an [aithisg le Oifis na Sìde](#) a nochd bho chionn ghoirid agus a chaidh ainmeachadh ann an Comataidh Cothromachaidh-Charboin, Cumhachd agus Còmhdhail na Pàrlamaid, chaidh fianais a thoirt seachad air a' cheist a bheil gnàth-shìde na h-Alba air fàs nas stoirmeile. Chaidh a chomharrachadh gur e “beachd dligheach a th' anns an fhaireachdainn gu bheil e air fàs nas stoirmeile anns na bliadhnaichean a chaidh (2011-2020), agus gun robh an ùine bho 1981 gu 2020 na bu stoirmeile na bha meadhan an 20mh linn.”



Dealbh 2 – fìor earbsachd air Lìonraidhean SACIG agus SAET.

Gabhaidh piseach a thoirt air earbsachd tro atharrachaidhean air soithichean agus puirt. Nuair a thèid soithichean ùra a cheannachd, 's e a' chiad phrìomhachas gun lùghdaich dealbhadh an t-soithich an cunnart nach ruith seirbheisean ri uair, gu h-àraid ri linn droch shìde.

Gabhaidh piseach a thoirt air earbsachd nan seirbheisean cuideachd ma tha bàtaichean-aiseig a bharrachd ann – air eagal 's gum bris bàtaichean sìos – agus tro bhith ag àrdachadh àireamh nan soithichean a ghabhas a chur gu feum ann an diofar phuirt (“eadar-obrachadh”), m.e. soithichean a chaidh a dhealbhadh san aon dòigh, no cha mhòr san aon dòigh (“cunbhalachadh”).

Tha na planaichean mionaideach againn airson nan seirbheisean SACIG agus SAET air am mìneachadh ann am Plana nan Soithichean agus nam Port.

A bharrachd air sin, rinn sinn na leanas:

- Chuir sinn ri cumail suas nan cabhlaichean SACIG agus SAET tro Mhaoin na Seasmhachd
- Dh'obraich sinn air pròiseact Siostaman Sgrùdadh na Sìde, gus taic a chumail ri gnothaichean aiseig. Tha CMAL a' toirt seachad comhairle air stàladh agus càradh shiostaman a sgrùdas an tìde-mhara agus an t-sìde. Fon sgeama seo, thèid an siostam a stàladh le luchd-seilbh nam port, 's iad a' coileanadh nan cosgaisean-dealain bliadhnaile ìosal le taic theicnigeach bho CMAL.

- Rinn sinn rannsachadh agus ath-sgrùdadh air atharrachaidhean anns a' ghnàth-shìde, agus ann an suidheachadh tonn na mara, nuair a bha sinn a' gabhail os làimh phròiseactan air an dà chuid soithichean agus bun-structar. Thèid seo a dhèanamh le CMAL – aig ìre dealbhaidh agus planaigh – mar phàirt de gach buidheann-obrach fa leth a dhèiligeas ri pròiseactan.
- Thug sinn geall an ath chùmhnannt SACIG a thoirt seachad mar aon phasgan a-mhàin: cuiridh seo ri seasmhachd a' ghnòthaich, leis gun gabh soithichean agus criutha a ghluasad timcheall an lìonraidh leis a' chompanaidh-aiseig.

Nì sinn na leanas:

- **Bheir sinn piseach air earbsachd ann an seagh teicneòlais agus droch shìde, tro bhith a' tasgadh airgead ann an soithichean ùra agus ann an leasachadh nam port.**

- Cuiridh sinn ri seasmhachd a' ghnòthaich tro bhith a' leudachadh a' chabhlaich de shoithichean mòra, agus tro bhith ag àrdachadh dè cho cunbhalach agus eadar-obrachail 's a bhios soithichean agus puirt thar nan lìonraidhean SAET agus SACIG, an dà chuid ann an cabhlach nan soithichean mòra agus nan soithichean beaga.
- Obraichich sinn còmhla ri companaidhean agus coimhearsnachdan aiseig gus slatan-tomhais earbsachd a chruthachadh far am faicear eòlas-beatha nan daoine anns na measaidhean. Chuireadh seo ri slatan-tomhais cùmhnanntail far am faicear buaidh na sìde, na dleastanasan a th' air companaidhean-aiseig, agus prìomhachas fìor chudromach na sàbhailteachd anns na measaidhean.
- Aithnichidh sinn nar Lèirsinn gu dè cho cudromach 's a tha earbsachd nan seirbheisean aiseig, 's sinn ag ainmeachadh Earbsachd agus Soilleireachd mar a' chiad phrìomhachas ann am Plana Cheanglaichean nan Eilean. 'S ann mar seo a nithear cinnteach gum bi deagh fhiosrachadh aig Còmhdhail Alba, CMAL agus companaidhean aiseig air trioblaidean agus treandaichean a thaobh dhàlaichean agus earbsachd fhad-ùine, airson 's gun gabh airgead poblach a chosg far am bi am feum as motha air agus a' bhuaidh as treasa aige.

'S ann tro na gnìomhan gu h-àrd, agus tro na gealltanasan a th' air am mìneachadh ann am barrachd doimhneachd ann am Plana nan Soithichean agus nam Port, a nithear cinnteach gum fàs na seirbheisean aiseig againn nas earbsaiche agus nas seasmhaiche.

Ruigsinneachd

Chuala sinn gum bu chòir cinnt a bhith ann a-nis gum bi seirbheisean aiseig ruigsinneach dhan fheadhainn aig a bheil feumalachdan sònraichte, ach gu bheil

grunn neach-cleachdaidh fhathast a' tachairt ri dùbhlain. Nam measg, chan urrainn do dhaoine le sèithear-cuibhle seòmraichean-feitheimh no taighean-beaga a ruigsinn, no gluasad mun cuairt deic nan càraichean, ann an cuid a shuidheachaidhean.

Bidh Plana Cheanglaichean nan Eilean (PCE) seo ag amas air siubhal-aiseig nas fheàrr a lìbhrigeadh dhan a h-uile duine ann an Alba, air leasachaidhean eaconamach, seasmhach thar ùine fhada a thoirt gu buil ann an coimhearsnachdan eileanach, agus air taic a chumail ri lìbhrigeadh poileasaidhean nas fharsainghe na h-Alba. Ach gu h-àraid, bidh e ag amas air eòlas-beatha nan coimhearsnachdan eileanach a leasachadh, tro bhith a' toirt piseach air dè cho ruigsinneach 's a bhios seirbheisean riatanach agus cur-seachadan, agus tro bhith a' lùghdachadh astaran sòisealta.

Tha am PCE seo a' togail air gealltanas Riaghaltas na h-Alba – mar phàirt de Phlana Lìbhrigidh Còmhdhail gu Slàinte a chaidh fhoillseachadh san Dàmhair 2024 – gun tèid planadh slàinte agus planadh còmhdhail a thoirt còmhla, 's cothroman air co-obrachadh nas fheàrr gan togail. Feuchaidh Riaghaltas na h-Alba ri dàta agus fianais nas fhèarr a thogail a thaobh feumalachdan-siubhail nan euslainteach, 's seo ga sgaoileadh mar a bhios e iomchaidh.

Rinn sinn na leanas:

- Thug sinn piseach air ruigsinneachd tro dhealbhaidh nan soithichean agus nam port: 's e feart nam pròiseactan CMAL do shoithichean agus do phuirt gun tèid ruigsinneachd a leasachadh, a rèir riatanasan reachdail, stiùireadh a' ghnìomhachais, agus nan cleachdaidhean as fheàrr.
- Chuir sinn taic ri leasachaidhean tro Mhaoin Ruigsinneachd nan Aiseagan a chaidh a chur air dòigh mar thoradh air Plana nan Aiseagan, agus a th' air faisg air £1 millean a lìbhrigeadh ann an leasachaidhean amasaichte.
- Tron chùmhnnant SAET a th' ann an-dràsta, chaidh stèiseanan ruigsinneach (far am faod dràibhearan àitichean a chèile a ghabhail) a chur ris a h-uile soitheach do luchd-siubhail. Chaidh leasachaidhean leithid Seirbheis Eadar-theangadair Cànan-shoidhnidh agus bathar-bog Recite Me a chur ri làrach-lìn na companaidh-aiseig cuideachd.

Nì sinn na leanas:

- **Thèid Slat-tomhais Ruigsinneachd a chruthachadh do sheirbheisean-aiseig.**

- Cuiridh an t-Slat-tomhais seo ri riatanasan laghail a thaobh ruigsinneachd corporra agus inntinn, 's e a' toirt stiùireadh do sheirbheisean aiseig eileanach, m.e. air dealbhadh nan soithichean agus nam port.
- Thèid obair a chruthaicheas Slat-tomhais Ruigsinneachd a dhèanamh ann an com-pàirteachas le Comataidh Glusadachd agus Ruigsinneachd na h-Alba (CGRA), companaidhean aiseig agus puirt, comhairlean, agus riochdairean bho bhuidhnean luchd-cleachdaidh eile leithid Caidreachas Turasachd na h-Alba. Ghabhadh ruigsinneachd dhan fheadhainn le feartan co-cheangailte ri glusadachd, mothachas, cognatas agus niùro-iomadachd, a bharrachd air cùisean co-ionannachd nas fharsainghe, a thoirt fa-near mar phàirt de Shlat-tomhais.
- Thèid an t-Slat-tomhais seo a chleachdadh mar bhun-stèidh airson tomhas a dhèanamh air ìrean de ruigsinneachd a th' ann an-dràsta ann an diofar àitichean air na lìonraidhean aiseig, 's leasachaidhean gan tomhas thairis air ùine.

Thèid Maoin Ruigsinneachd nan Aiseagan fhosgladh às ùr, 's sinn a' beachdachadh air a leudachadh airson siubhal-adhair gu, bho agus eadar na h-eileanan a ghabhail a-steach.

- 'S e amas Maoin Ruigsinneachd Còmhdhail nan Eilean ùr seo gun tèid airgead a chosg san àm ri teachd far a bheil am feum as motha air leasachaidhean, agus far an gabh fìor bhuannachd a lìbhrigeadh dha na coimhearsnachdan tro na leasachaidhean sin.
- Tron obair seo, bheir sinn sùil air roghainnean-maoineachaidh eile a tha seasmhach agus a bheir piseach air ruigsinneachd thairis air riatanasan laghail.
- Nì sinn Modh-sgrùdaidhean Ruigsinneachd gu cunbhalach tron ath chùmhnannt SACIG.
- Cuiridh sinn taic ri gnìomhan gus cleachdadh lìonra na còmhdhail phoblach a bhrosnachadh, mar phàirt dhen obair co-aonachaidh anns a' PhCE seo. Chaidh seo a thogail le luchd-ùidhe nan aiseagan mar chùis gu math cudromach do dhaoine ciorramach, airson 's gum faod iad an turas a dhèanamh sa chiad dol a-mach.
- Bidh sinn fhathast a' brosnachadh an sgeama do dh'eileanaich airson siubhal le lasachadh, agus le bhith ag àrdachadh dè cho ruigsinneach 's a tha an sgeama. Bheir seo a-steach am plana eàrlasan didseatach a sgaoileadh air feadh na h-Alba do dh'eileanaich sam bith a dh'fhaodas an cleachdadh.
- Cuiridh sinn taic ris na gealltanasan an lùib a' Phlana Còmhdhail gu Slàinte a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid anns an Dàmhair 2024 le Riaghaltas na h-Alba.
- Bheir sinn piseach air ruigsinneachd do luchd-siubhail air feadh na lìonraidh, tro ùrachadh nan cabhlaichean agus nam port, agus tro bharrachd cunbhalachaidh.

Tha prìsean reusanta, clàran-ama, siubhal èiginneach agus riatanach, seirbheisean co-aonaichte agus a bheir daoine air adhart, agus comas-lìonaidh uile nam factaran riatanach ann an seirbheisean ruigsinneach. Thèid an deasbad ann am barrachd doimhneachd anns na h-earrannan fa leth dhen aithisg seo.

Thèid Measadh Buaidh air Co-ionannachd a dhèanamh cuideachd air Plana Cheanglaichean nan Eilean san fharsaingeachd. Leis a' phròiseas seo, thathar airson a bhith cinnteach gun tèid na buaidhean air daoine leis na feartan dìonta a chlàradh, agus gun tèid beachdachadh orra nuair a thig e gu cruthachadh nam poileasaidhean agus nam planaichean a th' air am mìneachadh ann am Plana Cheanglaichean nan Eilean.

Clàran-ama; siubhal gun phlanadh agus riatanach

Dh'ainmich Plana nan Aiseagan molaidhean a thaobh atharrachaidhean air ìrean seirbheis, a rèir mheasaidhean air feumalachdan. Chaidh tuilleadh mheasaidhean a ghabhail os làimh bho chaidh Plana nan Aiseagan fhoillseachadh: chaidh a' mhòr-chuid dhiubh a dhèanamh le comhairlean dha na seirbheisean aca fhèin, ach chaidh cuid a dhèanamh le Còmhdhail Alba cuideachd do Sheirbheisean Aiseig nan Eilean mu Thuath agus do dh'Innse Gall.

Mar phàirt dhen PhCE, tha sinn airson barrachd mheasaidhean a dhèanamh air bunait modh-obrach ùraichte, mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd ann an earrann “Tuigse air feumalachdan a thaobh cheanglaichean” na Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo. 'S ann leotha a thèid ìrean agus clàran-ama san àm ri teachd a stiùireadh.

Tha siubhal-aiseig air fàs nas mòr-chòrdte; gu sònraichte, tha barrachd dhaoine ann a-nis a tha airson na càraichean aca a ghabhail air bòrd bàta-aiseig. Tha seo a' ciallachadh nach eil e comasach do chuid a sheirbheisean gabhail ri iarrtas nan eileanach agus a' phrìomh luchd-obrach – le glè bheag de rabhadh – air siubhal-carbaid riatanach. Aig an aon àm, do chuid a dh'eileanan, tha glè bheag de dh'iarrtas ann air siubhal sa gheamhradh, 's lùghdachadh faicsinneach a' tighinn air ceanglaichean còmhdhail mar thoradh air sin.

Rinn sinn na leanas:

- Lìbhrig sinn pròtacal meadaigeach air seirbheisean ChalMac, 's e a' gealltainn gum faigh eileanaich àite air an aiseag agus tacsaidh, ma tha coinneamh mheadaigeach èiginneach aca air an tìr-mhòr, agus mur h-eil comas-lìonaidh an aiseig mòr gu leòr gus an carbad aca a ghabhail.
- Chuir sinn modh-obrach “Advanced Standby” air dòigh far an urrainn do charbadan nach eil air àite a ghlèidheadh air seirbheisean ChalMac fios a thoirt

dhuinn ro làimh ma tha feum aca air an leithid, 's e a' tighinn an àite na liosta-fheitheimh a bh' ann roimhe.

- Thar SAET, ghlèidh sinn cuid a cheabainean dhan NHS, m.e. airson choinneamhan meadaigeach le glè bheag de rabhadh
- Chuir sinn sgeama pìleatach air dòigh air slighean Mhuile, Cholla agus Thiriodh leis an gabh àite a ghlèidheadh air deic. Le seo, thèid cuibhreann dhen rùm air deic a ghlèidheadh gus am bi latha an t-siubhail faisg, airson 's gun gabh àitichean a ghlèidheadh le nas lugha de rabhadh.

Nì sinn na leanas:

- **Nì sinn cinnteach gum bi cùmhnantan SACIG agus SAET sùbailte san àm ri teachd, 's iad freagarrach do dh'atharrachaidhean geàrr-ùine agus fad-ùine, nam measg, dàlaichean air seirbheisean.**

- Bheir sinn sùil air a' cheist an gabhadh – agus ciamar a ghabhadh – tricead nan seòlaidhean eileanach a th' ann an-dràsta a sgaoileadh gu h-eadar-dhealaichte mar fhreagairt air iarrtasan bhon choimhearsnachd. Dh'fhaodte na h-aiseagan a sgaoileadh eadar ràithean no tron t-seachdain – no eadar slighean, ma bhios sin iomchaidh. Thèid an obair seo a stiùireadh leis na Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan.
- Tro Phlana Atharrachaidh agus Leasachaidh ChalMac, nì sinn ath-sgrùdadh air an sgeama phìleatach a th' ann an-dràsta air slighean Mhuile, Cholla agus Thiriodh leis an gabh àite a ghlèidheadh air deic. Ma tha an sgeama air a' bhuannachd amasaichte a libhrigeadh, thèid sinn ann an conaltradh ri coimhearsnachdan eile a thaobh a' chothruim a leithid a sgeama a chur air dòigh. Tha CalMac cuideachd a' planadh sgeama pìleatach a chruthaicheas rùm sònraichte air deic nan carbadan do luchd-obrach ann an cùram-slàinte a tha a' siubhal gu agus bho Arainn agus Cumaradh.

Co-aonachadh

Mar as àbhaist, tha tursan aiseig nam pàirt de thuras nas fhaide far a bheil modhan-siubhail eile a dh'ith, leithid carbad prìobhaideach, còmhdhail phoblach, còmhdhail cho-roinnte eile, no modhan-siubhail gnìomhach mar rothaireachd, coiseachd agus siubhal air cuibhlichean. 'S e "siubhal a bheir daoine air adhart, no a thig an àite shlighean briste" a chanas cuid ris an t-sruth-obrach againn sa PhCE a tha airson na ceanglaichean eadar na seirbheisean-aiseig againn a leasachadh leis na h-eileamaidean eile seo dhen turas nas fhaide, agus a tha airson piseach a thoirt air cho math 's a tha iad ag obair do luchd-cleachdaidh. Cumaidh sinn oirnn leis an obair seo tro Phrògram Co-aonachaidh leantainneach a dhèiligeas ri duilgheadasan, 's cuid dhiubh air am mìneachadh gu h-ìosal.

Chuala sinn gun gabhadh seirbheisean-aiseig aonachadh na b' fheàrr, aig amannan, le còmhdhail phoblach ann an eileanan agus air an tìr-mhòr nuair a thig e gu clàran-ama, ticeadan, faraidhean, agus fiosrachadh nas ruigsinniche mu sheirbheisean. Tha co-aonachadh fiosaigeach aig puirt-aiseig, m.e. tro shlighean agus soidhnichean soilleir eadar diofar mhodhan-còmhdhail, na chuideachadh airson tursan a chumail rèidh. Chaidh tursan a th' air an deagh cho-aonachadh a chomharrachadh le coimhearsnachdan a tha an urra ri aiseagan mar phrìomh fhactar a bheir an cothrom dhaibh tursan nas seasmhaiche a ghabhail gu agus bho eileanan; chaidh seo a thogail le luchd-ùidhe nan aiseagan mar chùis gu math cudromach do dhaoine ciorramach, airson 's gum faod iad an turas a dhèanamh sa chiad dol a-mach.

Nochdaidh trioblaidean sònraichte ma thig bacadh air pìos dhen turas ri linn droch shìde no briseadh sìos an t-soithich, 's daoine a' call nan ceanglaichean aca mar thoradh air seo. Faodaidh seo siubhal-aiseig fhàgail nas duilghe do dhaoine aig nach eil carbad prìobhaideach no a roghnaicheas siubhal gun charbad. Bu chòir roghainnean-siubhail a bharrachd, agus nas fheàrr, a thighinn bho cho-aonachadh nas fheàrr eadar aiseagan agus còmhdhail phoblach, siubhal gnìomhach, agus roghainnean nas seasmhaiche eile leithid chlubaichean-càir agus iomairtean còmhdhail sa choimhearsnachd. Thèid lìonra còmhdhail nas èifeachdaiche a chruthachadh san dòigh seo.

'S ann cudromach a tha trioblaidean a thaobh droch sholarachadh fiosrachaidh cuideachd, ri linn dhàlaichean thar diofar chompanaidhean agus nam modhan-còmhdhail aca. Tha na dàlaichean seo nan dùbhlàn nuair a thathar a' planadh turas. Tha seo gu sònraichte cudromach dhan fheadhainn a roghnaicheas siubhal gun charbad, airson 's gum faod iad an turas aca a chrìochnachadh. A bharrachd air amannan dàil, bidh co-aonachadh nas fheàrr ann ma thèid na ceanglaichean eadar companaidhean-siubhail a leasachadh a thaobh planadh nan clàran-ama aca.

Cuideachd, gabhadh sùil a thoirt air roghainnean aig puirt-aiseig a thaobh raointean-parcaidh far am faodar an càr fhàgail nas fhaide. Mar seo, gabhadh carbad prìobhaideach a chleachdadh aig aon cheann dhen turas, gun an carbad sin a ghabhail air bòrd an aiseig, 's roghainnean nas seasmhaiche aig a' cheann eile a' thighinn na chois.

Nan gabhadh na h-aiseagan againn a chleachdadh nas fheàrr le luchd-siubhail gun charbad, thigeadh àrdachadh ann an custamairean – agus mar sin, ann an seasmhachd – air ceanglaichean còmhdhail phoblach. Cuideachd, bheireadh seo tuilleadh roghainnean-siubhail do luchd-siubhail, bhiodh an cothrom ann air siubhal nas seasmhaiche agus nas “uaine”, agus dh'fhaodte gun tigeadh lùghdachadh air a' chuideam a tha a' sìor-fhàs air cuid a shlighean-aiseig a thaobh an rùim a tha ri fhaotainn air deic nan carbadan. Gabhadh bàtaichean a thionndadh mun cuairt na

bu luaithe cuideachd, 's na bu lugha de charbadan ann rin cur air / far a' bhàta. Nuair a thèid nas lugha de charbadan prìobhaideach a ghiùlan, thig buannachd àrainneachdail nas fharsainghe bhon seo – na measg, nas lugha de charbon, èadhar nas glaine, ìrean faram nas ìsle, agus nas lugha de dhùmhlachd timcheall air puirt-aiseig.

Cumaidh am PCE seo taic ri roghainnean-siubhail co-aonaichte tro bhith ag iarraidh gun tèid gnìomhan a ghabhail gus co-aonachadh nas fheàrr a lìbhrigeadh eadar lìonraidhean nan aiseagan againn agus modhan-còmhdhail eile, gu h-àraid modhan gnìomhach agus seasmhach, an dà chuid air an tìr-mhòr agus anns na h-eileanan no na coimhearsnachdan dùthchail sin ris an ceangail iad. Ma thèid daoine a bhrosnachadh roghainnean-siubhail gnìomhach leithid coiseachd, rothaireachd agus siubhal air cuibhlichean a chleachdadh còmhla ri seirbheisean-aiseig, faodaidh seo daoine a bhrosnachadh còmhdhail phoblach a chleachdadh cuideachd gus stèiseanan bhusaichean no trèana a ruigsinn. Mar seo, thèid barrachd eadar-obrachaidh shòisealta a lìbhrigeadh, thèid taic a chumail ri gnìomhachasan agus seirbheisean ionadail, agus thèid coimhearsnachdan nas beòthaile a chruthachadh.

Mar phàirt dhen obair air comas-ceangail, bidh farsaingeachd de cheumannan ann; mar eisimpleir, bithear a' solarachadh fiosrachaidh nas fheàrr, a' leasachadh a' bhun-structair, agus a' cruthachadh sholarachaidhean agus phròiseasan nas co-aonaichte thar chompanaidhean-siubhail, airson an comas-ceangail a neartachadh.

Rinn sinn na leanas:

- Chuir sinn moladh, “A' Cumail Taic ri Tursan Co-aonaichte aig Puirt-Aiseig”, ris an Dàrna Breithneachadh air Pròiseactan Còmhdhail Ro-innleachdail (BPCR2).
- Chuir sinn taic ri leasachadh na roinn airson Gluasadachd mar Sheirbheis (GmS), tro bhith a' maoinachadh sgeamaichean pileatach a th' air an stiùireadh le Com-pàirteachasan Còmhdhail Roinneil. Ma thèid na lìonraidhean aiseig againn a cheangal ri siostaman GmS, faodaidh luchd-cleachdaidh cothrom fhaighinn air fiosrachadh airson tursan co-aonaichte a phlanadh, agus air na ticeadan.
- Chuir sinn air bhog aplacaid Traveline leasaichte, leis am faod luchd-cleachdaidh an turas aca air fad a phlanadh agus raon nas fharsainghe de roghainnean mòdail fhaicinn a tha rim faotainn.
- Ghluais sinn eàrlasan-lasachaidh air an lìonra SAET gu ùrlar glic.
- Rinn sinn sgrùdadh mionaideach air comas-ceangail nas fharsainghe do choimhearsnachdan a thèid a fhrithealadh le aiseagan, mar phàirt dhe na ciad trì ìrean dhe na Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan.
- Chuidich sinn le Aonta Com-pàirteachaidh eadar CalMac agus Rèile na h-Alba, 's co-obrachadh na phrìomhachas airson ceanglaichean a dhèanamh nas sìmplidhe agus tursan nas co-aonaichte a thairgsinn thar nan companaidhean

seo. Dh'fhaodadh an t-Aonta a bhith na mhodail feumail nuair a thèid aontaidhean eile a chur air dòigh eadar companaidhean-aiseig agus companaidhean còmhdhail eile.

Nì sinn na leanas:

- **Obraichidh sinn còmhla ri companaidhean-siubhail agus luchd-ùidhe san fharsaingeachd gus taic nas fheàrr a chumail ri tursan far an tèid aiseagan aonachadh ri modhan eile - gu h-àraid ri còmhdhail phoblach, siubhal gnìomhach agus modhan seasmhach eile.**
- Mar phàirt dhen obair seo, thèid tuilleadh fiosrachaidh a mhìneachadh air an raon de ghnìomhan air an obraich sinn mar phrìomhachas, airson 's gum bi tursan nas co-aonaichte ann dhan a h-uile duine a chleachdas lìonra nan aiseagan, gu h-àraid nuair a chleachdas iad modhan-siubhail poblach, co-roinnte agus gnìomhach. Cleachdaidh sinn geàrr-chunntas agus toraidhean an sgrùdaidh mhionaidich gus na prìomhachasan againn a stiùireadh agus a leasachadh.
- Bidh an sruth-obrach stèidhichte air gnìomhan sna roinnean a leanas:
 - A' solarachadh fiosrachadh ron agus tron turas.
 - A' dèiligeadh ri dùbhlain agus mì-chofhurtachd air sgàth bhacaidhean air seirbheisean.
 - Soidhnichean agus mapadh nan ceanglaichean eadar modhan eile agus puirt-aiseig.
 - Ticeadan agus roghainnean-faraidh co-aonaichte.
 - Clàran-ama.
 - Co-òrdanachadh nas dlùithe eadar diofar chompanaidhean còmhdhail.
 - Leasachaidhean air bun-structar còmhdhail agus pròiseasan do luchd-siubhail gnìomhach aig puirt agus air soithichean.
 - A' solarachadh raointean-parcaidh far am faodar an càr fhàgail nas fhaide.
 - Solarachaidhean cunbhalach thairis air puirt-aiseig.

Frachd

'S e pàirt riatanach de dh'obair nan aiseagan gun tèid bathar agus carbadan-seirbheis a ghluasad gu agus bho eileanan, agus gum faighear cothrom air margaidhean agus stuthan riatanach leithid biadh, connadh agus stuth-togail. Tha seo a' cur ri gnìomhachasan ionadail agus eadar-nàiseanta a chuireas bathar gu tìr-mòr na h-Alba agus nas fhaide air adhart, m.e. gnìomhachas a' bhìdh is nan deochan. Bidh a' mhòr-chuid de fhrachd a' siubhal ann an carbadan coimeirsealta, 's iad a' roinn nan aiseagan le daoine agus càraichean.

Do thuathanasan agus croitean eileanach, tha seirbheisean-aiseig an dà chuid nan cothrom air margaidhean agus nan slighe air an gabh lìbhrigidhean riatanach a dhèanamh do ghnìomhachasan-tuathanais, airson biadh, connadh no luchd-cùmhnaidh a thoirt a-steach dha na h-eileanan. Tha seo gu sònraichte cudromach aig amannan far an tèid sprèidh a reic, 's feum ann àireamh àrd de bheathaichean a ghluasad. Tha slighean margaidh èifeachdadh cuideachd riatanach do ghnìomhachasan a tha an sàs ann am biadh na mara agus ann an tuathanachas-uisge.

Chuala sinn mu na dùbhlain a bha ro chompanaidhean-giùlain bathair tro amannan far nach robh seirbheisean-aiseig a' ruith ri uair. Am measg nan dùbhlain seo, thug bathar na b' fhaide gus an ceann-uidhe a ruighinn, 's bathar ga thoirt far nan sgeilpichean na bu tràithe, dàlaichean a' tighinn air prògraman-obrach, agus buaidh ga toirt air cosgaisean, air sgàth sin. Chaidh buaidhean a chomharrachadh gu sònraichte leis an fheadhainn a dh'fheumadh cumail ri clàran teann fhad 's a bha iad a' giùlan bathar far nan eilean. Chuala sinn cuideachd gum faodadh dùbhlain a th' ann an-dràsta a thaobh comas-lìonaidh a dhol nas miosa, mura tèid ro-phlanadh agus stiùireadh ceart a dhèanamh a thaobh phròiseactan leasachaidh mòra a bheireadh a-steach riatanasan bathar mara mòra ann an roinnean leithid cumhachd, rùm, dì-choimiseanadh agus tuathanachas-uisge.

Tha dùil ann gum beachdaich luchd-leasachaidh agus ùghdarrasan-dealbhaidh air a' bhuaidh a bheireadh leasachaidhean mòra an ama ri teachd air seirbheisean-aiseig a th' ann an-dràsta. Bhiodh seo na phàirt dhen mheasadh aca air buaidhean air an lìonra còmhdhail ro-innleachdail, agus bu chòir an luchd-leasachaidh cosgaisean a thoirt fa-near a lùghdaicheadh an leithid a bhuaidhean. Tro na Measaidhean ùraichte air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan a chaidh a mhìneachadh na bu tràithe sa phàipear seo, gheibh ùghdarrasan-dealbhaidh agus luchd-leasachaidh fianais a dh'fheumar a thoirt fa-near nuair a thathar a' dèanamh agus ag aontachadh an leithid a phlanaichean-leasachaidh agus molaidhean-dealbhaidh.

Ged nach e am faradh-aiseig do charbadan coimeirsealta ach aon phàirt dhe na cosgaisean-lìbhrigidh iomlan, chuala sinn mu dhraghan gum faodadh àrdachaidhean ann am faraidhean-frachd – 's iad seo stèidhichte gu ìre air prothaideachd na companaidh – droch bhuaidh a thoirt air gnìomhachasan eileanach beaga agus air prìsean a phàigheas luchd-cleachdaidh air na h-eileanan fhèin. Leanaidh sinn comhairle na Comataidh CCCC, agus bidh sinn a' beachdachadh air na draghan seo anns a' mholadh againn.

'S e aon dòigh airson cosgaisean a lùghdachadh gun tèid faraidhean-frachd a phàigheadh gu dìreach le taic-airgid; ach tha seo a' ciallachadh gum faigh a h-uile gnìomhachas buannachd bhon taic-airgid sin, ge bith a bheil feum aca oirre no nach eil. Cuideachd, chan eil gealltanais sam bith ann nach tèid a' bhuannachd an lùib chosgaisean-aiseig nas lugha a chumail leis na companaidhean-giùlain bathair no

na gnìomhachasan fhèin, an àite a bhith ga toirt air adhart dhan neach-cleachdaidh ann an dha-rìribh. Aig àm de chuingealachaidhean ionmhasail, 's taic a' tighinn an-dràsta ann an cruth taic-airgid a phàigheas faraidhean-frachd air aiseagan, tha sinn airson beachdachadh air mar a ghabhas taic a thairgsinn ann an dòigh nas èifeachdaiche do ghnìomhachasan eileanach. 'S ann mar seo a thèid Luach an Airgid agus taic ionmhasail nas fheàrr a lìbhrigeadh do ghnìomhachasan eileanach, ann an dòigh nas dìriche.

Ann an cuid a shuidheachaidhean, thèid soithichean prìobhaideach a chleachdadh airson 's gum bi barrachd comais-lìonaidh ann, no gus carago tomadach no speisealach a lìbhrigeadh. Ann am prionnsabal, tha frachd – agus loingeas – na mhargaidh fhosgailte, èifeachdach, fiù 's gun taic-airgid a' tighinn gu dìreach bhon riaghaltas. Mar eisimpleir, 's ann le soitheach airson bathar tomadach a chuireas na taighean-staile ann an Ìle lìbhrigidhean de ghràn air dòigh. Cuideachd, tha meudan beaga de dh'fhrachd ann a thèid a ghluasad le itealan, agus tha ùidh a' fàs ann an roghainnean ùra leithid a bhith a' cleachdadh dhrònaichean gus luchdan beaga ach deatamach, leithid stuthan meadaigeach, a lìbhrigeadh.

Rinn sinn na leanas:

- Fhuair sinn dà shoitheach frachd sònraichte a thèid gu Sealtainn agus Arcaibh bho Obar Dheathain, 's iad a' gabhail meud bathair àrd air an t-slighe gu agus bho na h-Eileanan mu Thuath.
- Thug sinn taic do ChalMac le bhith a' ruith seòladh do dh'fhrachd a-mhàin tron oidhche air an t-slighe Steòrnabhagh-Ulapul, 's an soitheach Ro-Pax àbhaisteach – an MV Loch Seaforth – ga chleachdadh.
- Chùm sinn taic ri seòlaidhean a bharrachd air an dà lìonra, airson a dhèanamh na b' fhasa sprèidh ràitheil a ghluasad agus cothrom fhaighinn air prìomh mhargaidhean sprèidh.
- Thaisg sinn faisg air £1 millean gus còig tractaran-puirt ùra – a gheibhear ann an 2025 – a cheannachd aig puirt NorthLink. Thaisg sinn cuideachd ann an còig cointèanaran deug ùra do sprèidh, a bharrachd air a bhith a' maoineachadh obair-ghlèidhidh nan cointèanaran do sprèidh a th' ann mar-thà. Bidh seo na chuideachadh a thaobh seasmachd thar na lìonra SAET.
- Thaisg sinn ann an dà shoitheach ùr do dh'Ìle; còmhla, bheir iad seachad 55% de rùm a bharrachd do Charbadan-bathair Troma an taca ris an dà shoitheach a th' ann an-dràsta. Thathar an dùil cuideachd gum bi iad freagarrach dhan àrdachadh anns an iarrtas air siubhal-aiseig anns na bliadhnaichean ri teachd.
- Tro CMAL, thòisich sinn air pròiseact gus dealbhadh-soithich nas fheàrr a chur an àite an dà shoitheach-frachd a tha a' frithealadh nan Eilean mu Thuath an-dràsta. Bidh seo a' cur ris a' chomas-lìonaidh agus a' lùghdachadh na h-ùine a bheir na tursan, agus is dòcha gun cuir e beagan sùbailteachd ris a' chomas-lìonaidh do luchd-siubhail.

Nì sinn na leanas:

- **A thuilleadh air beachdachaidhean air faraidhean-aiseig eile (faic earrann “Faraidhean”), bheir sinn sùil eile air a’ Mheasadh air Faraidhean Frachd airson coimhead air cùisean bathair aiseig ann am barrachd doimhneachd.**
- Thèid companaidhean air slighean SACIG agus SAET a bhrosnachadh gu bhith a’ cumail suas an cuid obrach còmhla ri companaidhean-giùlain bathair agus gnìomhachasan, airson ’s gun tig piseach air ro-phlanadh agus stiùireadh a’ chomais-lìonaidh agus an iarrtais a th’ ann an-dràsta agus a bhios ann, no ris a bheilear an dùil, san àm ri teachd.
- Nì sinn beachdachadh air mar a ghabhadh cosgaisean còmhhdail airson bathar mara a sgaoileadh gu h-eadar-dhealaichte eadar luchd-cleachdaidh, luchd-leasachaidh, agus maoinachadh poblach.
- Cumaidh sinn tuilleadh deasbaid còmhla ri ùghdarrasan-dealbhaidh agus companaidhean-leasachaidh mòra mun phàirt a bu chòir seirbheisean-aiseig maoinichte a chluich aig fìor-thoiseach an cuid phlanaichean airson leasachaidhean mòra.
- Nuair a bheachdaicheas sinn air poileasaidhean-frachd ri thighinn, aithnichidh sinn a’ bhuaidh air luchd-còmhnaidh eileanach, air gnìomhachasan eileanach – nam measg, tuathanachan agus croitearan – agus air roinnean eile leithid taigheadais.
- Cumaidh sinn fhathast suas ri 18 àitichean do thrèilearan air soithichean SAET do luchd-siubhail, air làithean gun seòladh-frachd eile aig an aon àm. Thèid am prìomhachas a thoirt do bhathar far a bheil clàran teann ann.

Thèid Measadh Buaidh air Cùisean Gnothachais is Riaghlaidh a dhèanamh cuideachd air Plana Cheanglaichean nan Eilean san fharsaingeachd. Leis a’ phròiseas seo, thathar airson a bhith cinnteach gun tèid na buaidhean air gnothachas a chlàradh, agus gun tèid beachdachadh orra nuair a thig e gu cruthachadh nam poileasaidhean agus nam planaichean a th’ air am mìneachadh ann am Plana Cheanglaichean nan Eilean.

Soithichean agus puirt

Tha tòrr aiseagan ann an Alba – air slighean SACIG agus SAET, agus le ùghdarrasan ionadail – a’ fàs sean, agus tha dàil ann soithichean ùra a chur an àite cuid dhiubh. Tha seo gam fàgail nas dualtaiche a bhith a’ briseadh sìos agus dh’fhaodte gun toir e nas fhaide na soithichean sin a chàradh, ma bhios feum ann air pàirtean speisealach. Tha tòrr phuirt-aiseig feumach air obair-ùrachaidh no obair-chàrachaidh mhòr cuideachd. Feumaidh iadsan tasgadh-airgid a cheart uimhir ris na

soithichean; ge-tà, tha an dealbh iomadh-fhillte air sgàth cia mheud neach-seilbh puirt a th' ann – a bharrachd air CMAL – air a bheil an dleastanas airson an ro-phlanaidh agus nan co-dhùnaidhean tasgaidh aca fhèin, agus faodaidh buaidhean agus cunnartan mòra a bhith an lùib seo dha na lìonraidhean SACIG agus SAET. Tha cha mhòr a h-uile port a thèid a chleachdadh le lìonraidhean-aiseig nan ùghdarrasan ionadail fo shealbh nan ùghdarrasan fhèin.

Air cuid a sheirbheisean, tha gainnead de shoithichean a bharrachd ann a dh'fhaodas tighinn an àite na feadhainn a bhriseas sìos. Tha cabhlach soithichean mòra ChalMac air fad air a bhith ann an seirbheis bho 2016, 's seo a' toirt buaidh air seasmhachd thar na lìonraidh SACIG. Aig na h-amannan as trainghe, tha a' chabhlach SAET air fad ann an seirbheis cuideachd.

Tha piseach a' tighinn air cùisean, ge-tà. Rinn sinn na leanas:

- Lìbhrig agus dh'fhoillsich sinn Plana nan Soithichean agus nam Port againn do ShACIG agus do ShAET, còmhla ris an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo.
- Cheannaich sinn an soitheach cleachdte MV Loch Frisa.
- Ghabh sinn an MV Alfred air mhàl airson seasmhachd a chur ri cabhlach soithichean mòra SACIG.
- Dh'òrdaich sinn sia soithichean mòra ùra do chabhlach ChalMac.
- Dh'òrdaich sinn seachd soithichean beaga ùra dhan lìonraidh SACIG mar Ìre 1 dhen Phrògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail.
- Thug sinn geall gun cuireamaid dàrna soitheach geamhraidh ri slighean a' Chuain Sgìth, gus an comas-lìonaidh air an t-slighe àrdachadh agus piseach a bharrachd a thoirt air seasmhachd nan seirbheisean a fhrithéalas na h-Eileanan an Iar, agus air seasmhachd na lìonraidh air fad.
- Chuir sinn taic ri Prògram Bun-structar a' Chuain Sgìth (air an robh roimhe Triantan an Eilein Sgitheanaich) tro bhith a' tasgadh còrr is £76 millean.

Nì sinn na leanas:

- **Thèid aois chuibheasach nan cabhlaichean SACIG agus SAET (còmhla) a lùghdachadh gu timcheall air 15 bliadhna ro dheireadh an deichead seo.**

- Glèidhidh sinn soitheach mòr SACIG airson cùisean a chumail seasmhach suas ri 2030 air a' char as tràithe.
- Thig àrdachadh ann an “cunbhalachadh” thar nan cabhlaichean SACIG agus SAET, agus ann an “eadar-obrachadh” nan soithichean agus nam port thar nan lìonraidhean seo. Air sgàth na farsaingeachd mhòr de choimhearsnachdan agus slighean a thèid a fhrithèaladh leis na cabhlaichean seo, chan fheum soithichean co-ionann a bhith an lùib àrdachadh ann an cunbhalachadh, ach bu chòir

àrdachadh ann an eadar-obrachadh nan soithichean agus nam port a bhith comasach mar phàirt dheth.

- Bidh sinn fhathast a' coimhead air soithichean cleachdte gus am faigh coimhearsnachdan buannachd nas luaithe às an seo.

'S ann tro na gnìomhan gu h-àrd, agus tro na gealltanasan a th' air am mìneachadh ann am barrachd doimhneachd ann am Plana nan Soithichean agus nam Port, a thig piseach air seasmhachd, earbsachd, comas-lìonaidh agus ruigsinneachd; cuideachd, thig àrdachadh ann an cunbhalachadh, agus lùghdachadh air sgaoilidhean-carboin. Mar seo, thèid feumalachdan ann an coimhearsnachdan eileanach a choileanadh a thaobh nan lìonraidhean SACIG agus SAET.

Buaidh carboin agus àrainneachdail ìosal

Ann am [Measadh Àrainneachd Ro-innleachdail \(MAR\)](#), bhathar a' measadh phàirtean dhen Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo a rèir 9 factaran àrainneachdail: càileachd an adhair, slàinte an t-sluaigh agus dhaoine, faram, stuth le luach eaconamach, àrainneachd-uisge, bith-iomadachd, dualchas cultarail, cruth-tìre, agus grùid air a dèanamh à ùir. Còmhla ris na freagairtean bhon cho-chomhairleachadh phoblach, chaidh am measadh a chleachdadh gus an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo agus an còrr dhen earrann seo a stiùireadh.

A rèir [Measadh Mara na h-Alba 2020](#), bidh turasachd mara a' sìor-leudachadh; mar sin, gun phoileasaidhean freagarrach ann, dh'fhaodadh àrdachadh a thighinn air sgaoilidhean ghasaichean teas-dhionach, agus truailleadh adhair eile bho roinn na còmhdhail, suas ri 2045. Thathar an dùil ri a leithid a threand a thaobh faram cuideachd – an dà chuid tron adhar agus fon uisge. Thathar a' moladh anns an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo gun tèid ìrean seirbheis nan aiseagan a stèidheachadh air feumalachdan còmhdhail na coimhearsnachd a thèid aithneachadh anns na MFC (Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan), agus gum bu chòirear bun-structar nan aiseagan a dhealbhadh ann an dòigh a lasaicheas toraidhean dhen leithid a chaidh ainmeachadh gu h-àrd.

Ged a tha a' mhòr-chuid dhe na h-aiseagan againn a' ruith air ola gas na mara anns a bheil glè bheag de phronnasg (gus sgaoilidhean ogsaid pronnaig a lùghdachadh), tha iad fhathast a' sgaoileadh carboin a chuireas ri atharrachadh na gnàth-shìde agus ri truailleadh adhair agus faraim. 'S e an t-amas fad-ùine againn gun tèid sgaoilidhean carboin le aiseagan a lùghdachadh gu ìre glè mhòr ro 2045 agus, ma ghabhas a dhèanamh, gun tèid cur às dhaibh, mar phàirt de dh'oidhirpean cothromachadh-carboin a ruigsinn.

Tha sinn mothachail gum faod fuasglaidhean le glè bheag de charbon a bhith nas cosgaile aig an àm seo na teicneòlasan cumanta, gu h-àraid sa gheàrr-ùine. Tha

sinn airson beachdachaidhean air cosgaisean a bharrachd mar seo a chothromachadh leis a' chiad phrìomhachas againn – gun tèid goireasan earbsach agus seasmhach a chumail suas, 's taic ga cumail ri slàinte an t-sluaigh eileanaich agus nan daoine.

Tha e cudromach cuideachd mar a bhios daoine a' ceangal ris na seirbheisean aiseig againn. Tron sruth-obrach co-aonachaidh againn, bithear a' brosnachadh dol a-mach nas measaile dhan àrainneachd nuair a thathar a' cleachdadh aiseagan airson turas air fad, no airson pàirt dheth; gu sònraichte, thèid daoine a bhrosnachadh modhan-còmhdhail gnìomhach agus am bun-structar còmhdhail phoblach a th' ann mar-thà a chleachdadh.

Ma thèid na poileasaidhean againn air dealanachadh nan soithichean agus nam port a lìbhrigeadh gu soirbheachail, thig lùghdachadh air a' chunnart gun tèid connadh a dhòrtadh a-steach do dh'uisgeachan na mara. Faodaidh seo truailleadh mòr adhbhrachadh agus bith-iomadachd na mara – a bharrachd air slàinte agus math dhaoine – a chur ann an cunnart.

Cuideachd, faodaidh sgudal anns a' mhuir fiadh-bheatha na mara a mhilleadh, slàinte a' phobaill a lùghdachadh, agus droch bhuaidh a thoirt air gnìomhachasan na mara. Gabhaidh cron a dhèanamh air na soithichean againn cuideachd leis an sgudal seo; dh'fhaodte gum falbh aiseagan gu fadalach an uair sin, no gun tèid an cur dheth. Gus an dleastanas againn a choileanadh a rèir Achd Dìon na h-Àrainneachd 1990, Achd Cabhlach nam Marsantan 1995 agus Ionnsramaidean Reachdail co-cheangailte ris a' ghnothach, feumaidh sinn – cho fhad 's a ghabhas a dhèanamh – an talamh agus na cuantan againn a chumail saor bho thruileis agus sgudal mar phàirt dhen obair againn ann an roinn nan aiseagan.

Rinn sinn na leanas:

- **Stèidhich sinn targaid ann am Plana Atharrachadh na Gnàth-Shìde le Riaghaltas na h-Alba gum bu chòir 30% dhe na soithichean a tha fo shealbh an Riaghaltais (CMAL) a bhith nan soithichean le glè bheag de sgaoilidhean, no gun sgaoilidhean, ro 2032.**

- Rannsaich sinn an cothrom bataraidhean a chleachdadh ann an aiseagan beaga. Mar thoradh air seo, tha trì aiseagan ioma-dhòigheach air a bhith a' ruith ann an cabhlach ChalMac fad còrr is 10 bliadhna mar-thà, agus tha an rannsachadh againn air a bhith na stiùireadh a thaobh dealbhadh nan soithichean anns a' Phrògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail.
- Chuir sinn òrdugh a-steach airson 7 soithichean beaga ùra fon Phrògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail. Faodaidh na soithichean seo a ruith air cumhachd an dealain a-mhàin.

- Lìbhrig sinn an MV Glen Sannox, soitheach dà-chonnaidh (LNG agus MGO) a tha a' frithealadh slighe Arainn. Tha nas lugha de naidhtreoidsean ann an connadh LNG, agus tha e cha mhòr saor bho phronnasg an taca ri connadh traidiseanta na mara. Tha e cuideachd nas glaine LNG a losgadh, 's nas lugha de mhìrean connaidh gan sgaoileadh.

- **Chaidh taic-airgid a shònrachadh airson Pròiseact Cumhachd Cladach an MV Hamnavoe a choileanadh air an lìonra SAET. 'S e seo a' chiad cheangal ris a' chladach airson soitheach mòr coimeirsealta san Rìoghachd Aonaichte.**

- Shònraich sinn maoinachadh do Chomhairle Arcaibh a bha airson deuchainn a dhèanamh air dà bhàta-aiseig dealanach.
- Leasaich sinn gnothaichean-aiseig gu làn-ìre airson piseach a thoirt air èifeachdas cumhachd. San t-seagh seo, chaidh comas-obrachaidh nan soithichean agus caitheamh a' chonnaidh a thoirt gu làn-ìre, agus chaidh soithichean ùrachadh gus an cuid èifeachdais agus seasmhachd a leasachadh.
- Leasaich sinn na togalaichean tèirmineil agus puirt againn tro bhith ag uidheamachadh leathad-luinge agus seòmar-fuirich Phort a' Mhadaidh le pumpaichean-teasa èadhair, panailean-grèine agus siostam airson uisge salach a làimhseachadh. Bheachdaich sinn cuideachd air a' chunnart bho thuiltean air a' chladach nuair a bha sinn a' dealbhadh bun-structar cladaich.
- Chùm sinn taic ri siubhal gnìomhach tro iomairt SAET leis an robh cothrom aig rothaichean air siubhal an-asgaidh.
- Chruinnich agus chleachd sinn uisge airson taic a chumail ri giùlan sprèidh, agus thug sinn inneir bho chrò na sprèidh tron lìonra SAET gu tuathanasan a chleachd i mar thodhar.
- Chùm sinn taic ri iomairtean àrainneachdail tro bhuidhnean leithid Seòmar Loingeas na Rìoghachd Aonaichte, Cùisean Mara na h-Alba, Dualchas Nàdair na h-Alba, Comann Rìoghail Dìon nan Eun agus Fonndas Faire na Mara. Mar eisimpleir, chùm sinn taic ris an Sgeama An-Asgaidh airson Sealgairean a Dhearbhadh (PFC), 's e ag amas air stad a chur air gnèithean sgaoilteach, neo-dhùthchasach bho bhith a' ruigsinn nan eilean againn. Bha sinn cuideachd an sàs ann an iomairtean agus ceumannan an aghaidh atharrachadh na gnàth-shìde – nam measg, a' dìon beatha na mara agus fiadh-bheatha eile, a' lùghdachadh plastaig agus faram fon uisge, agus ag ath-chuairteachadh shoithichean aig deireadh an làithean ann an dòigh a bha neo-chronail dhan àrainneachd.
- Fhuair sinn duais ÒR leis an lìonra SAET againn anns na [Duaisean Turasachd Uaine](#), tro bhith a' dearbhadh dealas companaidhean na roinne, 's iad a' leasachadh bith-iomadachd, a' cur às do stuth aon-turais, a' cur ris a'

choimhearsnachd ionadail, a' gabhail ris an eaconamaidh chuairteagach, a' fighe a-steach fhuasglaidhean Àrainneachdail, Sòisealta agus Riaghlachail, agus a' cur an sàs cheumannan gus lorg carboin a lùghdachadh. Mar eisimpleir, chaidh 118,385 botal plastaig a shàbhaladh bho chaidh innealan a stàladh ann an 2021 airson uisge a' phrìomh-lìonraidh a shìoladh.

- Sholaraidh sinn stèiseanan ath-chuairteachaidh tron dà chompanaidh-aiseig, agus fhuair sinn cuidhteas air innealan-fuarachaidh uisge air an dèanamh à plastaig.

Nì sinn na leanas:

- **Bheir sinn lùghdachadh air buaidh àrainneachdail an ath ghinealaich de shoithichean, calachan agus puirt, agus nì sinn cinnteach gu bheil iad seasmhach a thaobh buaidhean atharrachadh na gnàth-shìde.**

- Thèid na seachd soithichean dealanach a lìbhrigeadh ro 2029 mar phàirt dhen Phrògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail, 's seo a' cur ri càileachd an adhair ionadail agus a' lùghdachadh sgaoilidhean ghasaichean teas-dhìonach (GTD).
- Cuiridh sinn an comas lùghdachadh a thoirt air sgaoilidhean, crithneachadh agus faram sna puirt tro bhith ag ùisneachadh cheanglaichean cumhachd a' chladaich, 's ceithir soithichean ùra a' dol ann an seirbheis air slighean Ìle agus a' Chuain Sgìth. Leis an seo chan fheum soithichean a ruith air ola gas na mara tuilleadh nuair a bhios iad air acair.
- Thèid soithichean mòra ùra a dhealbhadh le siostaman gluasad dìosail-dealain, 's cumhachd-bhataraidh ga cur gu feum nuair a thèid soitheach a ghluasad san acarsaid, agus airson cleachdadh dealain a lùghdachadh aig amannan caitheimh as àirde. Bidh an comas aig na soithichean cuideachd cumhachd a' chladaich a chleachdadh nuair a bhios iad air acair.

- **Chithear lùghdachadh mòr ann an sgaoilidhean às dèidh cur air dòigh goireasan cumhachd a' chladaich aig Port Obar Dheathain, tro phròiseact a th' air a mhaoineachadh le CMAL. Cuiridh seo ris na goireasan a tha an sàs mar-thà ann an Arcaibh. Le bhith a' cleachdadh stòr cumhachd-dealain ghlan tro tharaif cumhachd ath-nuadhachail a' phuirt, thathar an dùil ri lasachadh air an lìonra SAET a bhios co-ionann ri còrr is 1,300 tunna de dhà-ogsaid carboin sa bhliadhna. Thig piseach air càileachd an adhair agus lùghdachadh air faram an cois seo cuideachd.**

- Feuchaidh sinn ri piseach a thoirt air clàran-ama nan aiseagan a rèir an iarrtais anns na Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan (MFC).

- Tron lìonra SACIG, bidh sinn fhathast ag obair còmhla ri Eileanan le Cothromachadh-carboin (ECC), prògram Riaghaltas na h-Alba, gus taic a thoirt do cheithir eileanan san lìonra a tha ag amas air cothromachadh-carboin a ruigsinn ro 2040, m.e. tro bhith a' cumail taic ri pròiseactan lùghdachadh sgudail agus sgaoilidhean.
- Thèid dràibhearan a bhrosnachadh na h-einnseanan aca a chur dheth fhad 's a bhios iad a' feitheamh ri dol air bòrd nan soithichean againn.
- Ma bhios feum ann, nì sinn Measaidhean Buaidh air an Àrainneachd (MBÀ) mar phàirt de phròiseactan ùra gus bun-structar puirt a thogail. Bheir seo a-steach obair-dhealbaidh a bhreithnicheas buaidh nan obraichean togail agus a' bhun-structair ùir air mar a thèid grùid na mara a chur à àite agus a ghluasad air còmhdhail. Mar eisimpleir, mar thoradh air MBÀ aig Port Ilein, chaidh an roghainn a b' fheàrr ainmeachadh leis gur ann thar a' chidhe fhèin agus air adhart chun na mara a thogadh i, an àite na roghainn eile a bha air buaidh lèirsinneach na b' àirde a thoirt air a' bhaile.
- Thig lasachadh air duslach, co-phàirtean tònail domhain, èifeachdan *bùm*, agus fuaim fon uisge a thèid a chruthachadh mar phàirt de dh'obraichean air bun-structar puirt agus soithichean ùra.
- Cuiridh sinn ri bith-thèarainteachd anns na sgìrean far a bheil sinn ag obair. Bheir seo a-steach teisteanas le Comann Rìoghail Dìon nan Eun (RSPB) a dhearbhas nach eil sinn a' toirt sealgairean neo-dhùthchasach a-steach dhan dùthaich. Nì sinn sgrùdaidhean air gnèithean luibh sgaoilteach, aithnichidh sinn laigsean san àrainn ionadail, agus cuiridh sinn air dòigh gnìomhan agus amasan sònraichte co-cheangailte ri glèidhteachas na h-àrainneachd aig co-dhiù 26 puirt fo shealbh CMAL.
- Thèid co-phàirtean a stàladh ann an siostaman-drèanaidh nam port againn airson ola a sgaradh bhon uisge-uachdarach. Cuideachd, mar cheum stannardach sna pròiseactan cladaich ùra againn, nì sinn feum de dh'uidheam/acainn a chleachdas uisge gu h-èifeachdach.
- Air an lìonra SACIG, èirichidh an ìre ath-chuairteachaidh gu bhith nas àirde na 70% sa chumantas, agus thèid an ìre lìonaidh-talmhainn againn a lùghdachadh le 5% ro 2028.
- Tro CMAL, feuchaidh sinn ri stuth sam bith a thèid a chladhach, no a thèid a sgrìobadh bho ghrunnd nan uisgeachan againn, a lùghdachadh agus ath-chleachdadh air an làrach ma bhios e freagarrach. Ge-tà, bidh seo ga chuingealachadh a rèir fheartan an stuth (m.e. a bheil truailleadh ann), àm nan obraichean togail, agus a bheil rùm gu leòr ann airson an stuth a dh'fhaodar ath-chleachdadh a stòradh air an làrach.

Faraidhean

Chuala sinn bho choimhearsnachdan agus bhon luchd-ùidh againn gum bu chòirear faraidhean CCR agus prionnsabalan CCR a th' ann an-dràsta – sìmplidheachd agus follaiseachd, samhlachd agus cunbhalachd, agus prìsean reusanta san roinn phoblach an coimeas ri seasmhachd na coimhearsnachd – a chumail mar bhun-stèidh do structar nam faraidhean-aiseig ri teachd, agus gum bu chòir fuasgladh sùbailte a bhith ann a thaobh nam faraidhean fhèin. Chuala sinn cuideachd gum b' fheàrr le coimhearsnachdan structar-faraidhean a bhrosnaicheas luchd-siubhail gu bhith a' siubhal gun charbad prìobhaideach, agus cuideachd aig amannan nas sàmhhaiche.

Chuala sinn cuideachd gur ann air sgàth faraidhean nas saoire fo shiostam na CCR ann an cuid a dh'eileanan a thàinig iarrtas nas motha air rùm do charbadan air aiseagan; an cois seo, thàinig cuingealachaidhean air comas-lìonaidh, dàlaichean air siostaman-solair eileanach, agus tuilleadh cuideam air rathaidean eileanach agus bun-structar na turasachd. Chaidh draghan a thogail cuideachd a thaobh mar a thèid foirmle na CCR a chleachdadh air slighean nas fhaide, air faraidhean a bha cuibhrichte san àm a dh'fhalbh, agus air carbadan nas fhaide na 5m, nam measg dachaighean-motair agus carabhanaichean.

Tha am PCE seo ag aithneachadh gu dè cho cudromach 's a tha turasachd do dh'eaconamaidhean nan eilean, 's e ag amas air tuilleadh luchd-tadhail a bhrosnachadh na càraichean aca fhàgail air tìr ma tha sin comasach, no gu bhith a' siubhal aig amannan nas sàmhhaiche. Nì sinn seo tro bhith a' cur faraidhean nas àirde air daoine nach eil a' fuireach anns na h-eileanan agus a bheir carbadan air aiseagan aig amannan nas trainge. Le seo, dh'fhaodar an cuideam co-cheangailte ri comas-carbaid a lùghdachadh air cuid a shlighean aig na h-amannan as trainge, 's cothrom na b' fheàrr ann air seirbheisean-aiseig dhan fheadhainn (nam measg, eileanaich) aig nach eil roghainn ach carbad prìobhaideach a chleachdadh. Tha e a' ciallachadh cuideachd gun cuir luchd-turais barrachd ris na cosgaisean a tha a' sìor-fhàs gus seirbheisean-aiseig a sholarachadh; mar seo, bidh an siostam-aiseig againn seasmach agus gabhaidh faraidhean do dh'eileanaich fhathast a chumail ìosal. Tha an dòigh-obrach nas fharsaingeach againn a thaobh comas-lìonaidh air a mìneachadh ann an earrann “Comas-lìonaidh agus iarrtas” na Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo.

Tha sinn mothachail gu bheil roghainnean còmhdhail phoblach cuibhrichte an-dràsta ann an cuid a sgìrean dùthchail agus eileanach, agus thèid a' chùis seo a rannsachadh ann am barrachd doimhneachd ann an earrann “Co-aonachadh” na sgrìobhainn seo.

Chuala sinn gu bheil iarrtasan ann air siubhal an-asgaidh do dhaoine fo aois 22 air a h-uile seirbheis-aiseig; ge-tà, cha ghabh seo a dhèanamh san t-suidheachadh fhiosgail a th' ann an-dràsta.

Chuala sinn gur e itealanachd, agus chan e bàtaichean-aiseig, am prìomh mhodh-còmhdhail do luchd-siubhail ann an cuid a dh'eileanan a-muigh Arcaibh agus Shealtainn. Leanaidh sinn oirnn a' bruidhinn ris na Comhairlean mu cheanglaichean eadar na h-eileanan.

'S e a' chiad phrìomhachas gun dèilig sinn ri draghan a thaobh na CCR, faraidhean do dhaoine nach eil a' fuireach anns na h-eileanan, agus faraidhean do dhaoine fo aois 22. Tha an Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo ag aithneachadh cuideachd gu dè cho cudromach 's a tha faraidhean-frachd, cuide ris a' bhuidhe a bheir gluasad bathair air coimhearsnachdan eileanach (tuilleadh fiosrachaidh ann an earrann "Frachd" na sgrìobhainn seo).

Nì sinn na leanas:

- **Obraichidh sinn airson faraidhean a chur air dòigh thar an dà lìonra SACIG agus SAET do dhaoine a tha a' fuireach taobh a-staigh – agus taobh a-muigh – nan eilean.**
- Cumaidh sinn CCR mar an structar-faraidhean do dh'eileanaich, 's daoine bho thaobh a-muigh nan eilean a' pàigheadh faraidhean nas àirde airson barrachd a chur ri cosgaisean nan aiseagan, agus airson 's gun tèid luchd-siubhail a bhrosnachadh gu bhith a' siubhal air chois no aig amannan nas sàmhhaiche.
- Nì sinn tuilleadh obrach airson beachdachadh air faraidhean a chur air dòigh do dhaoine a tha a' fuireach taobh a-staigh – agus taobh a-muigh – nan eilean. Bheir seo a-steach prìsean a dh'fhaodadh a bhith ràitheil no a rèir iarrtas an luchd-siubhail, airson daoine a bhrosnachadh gu bhith a' siubhal aig amannan nas sàmhhaiche.
- Bidh sinn a' beachdachadh air atharrachaidhean a dhèanamh air mar a thèid foirmle na CCR a chleachdadh air slighean nas fhaide, air faraidhean a bha cuibhrichte san àm a dh'fhalbh, agus air carbadan nas fhaide na 5m, nam measg dachaighean-motair agus carabhanaichean.
- **Air a' chiad latha dhen Ghiblean 2025, cuiridh sinn air dòigh siubhal an-asgaidh do dh'eileanaich fo aois 22 a tha a' siubhal air chois air slighean-aiseig eadar-eileanach taobh a-staigh Arcaibh, Shealtainn agus nan Eilean Siar.**

- San Ògmhios 2025, leasaichidh sinn sgeama-lasachaidh nan aiseagan a th' ann an-dràsta – 's e a' ceadachadh do dh'eileanach bho aois 16 gu 18 ceithir tursan a dhèanamh sa bhliadhna gu no bho tìr-mòr na h-Alba – gu bhith a' toirt a-steach daoine nach eil air aois 22 a ruigsinn fhathast.

Seirbheisean aiseig nan ùghdarrasan ionadail

'S ann fo dhleastanas ceithir ùghdarrasan ionadail – Comhairle Eileanan Shealtainn, Comhairle Eileanan Arcaibh, Comhairle na Gàidhealtachd, agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid – a tha seirbheisean aiseig anns na sgìrean sin. Cuideachd, 's ann tromhpa agus tro Chomhairle nan Eilean Siar a ghabhas seirbheisean-adhair a ruith, 's an dleastanas orra ceanglaichean a th' ann an-dràsta a chàrachadh. Tha seo a' cur ris a' bheachd gum bu chòirear co-dhùnaidhean a bheir buaidh air coimhearsnachdan ionadail a dhèanamh aig ìre ionadail, agus 's e ùghdarrasan ionadail na buidhnean as fheàrr airson feumalachdan nan coimhearsnachdan ionadail aca a fhreagairt. Tha dleastanas air ùghdarrasan ionadail cuideachd lìonra còmhdhail co-aonaichte a bheir daoine air adhart, no a thig an àite mhodhan-siubhail briste, a sholarachadh dha na coimhearsnachdan ionadail aca. Tron sruth-obrach "Co-aonachadh" san Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo, cuiridh Còmhdhail Alba taic ri ùghdarrasan ionadail airson 's gun solaraich iad ceanglaichean-còmhdhail eileanach nas seasmhaiche.

Thathar a' brosnachadh nan ceithir ùghdarrasan ionadail seo a bhith a' gabhail ris an Lèirsinn agus na Prìomhachasan a chaidh aontachadh, mar eisimpleir dhen inbhe a thathar ag iarraidh bho na seirbheisean-aiseig againn air feadh na h-Alba.

Chuala sinn bho ùghdarrasan ionadail air a bheil dleastanasan airson bhàtaichean-aiseig gu bheil an suidheachadh ionmhasail a th' ann an-dràsta a' cur bacadh air atharrachaidhean – nam measg, a bhith a' tasgadh na tha a dhìth airson 's gun tèid targaidean nàiseanta a choileanadh, no a bhith a' gabhail ris na Prìomhachasan agus an Lèirsinn a thèid a mholadh sa PhCE. Chuala sinn mu dhraghan gu bheil e doirbh fhaicinn mar a ghabhas piseach mòr a thoirt air ceanglaichean-còmhdhail eileanach thairis air beatha a' Phlana, mura tèid barrachd taic-airgid a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail tron PhCE. A thaobh 2025-26, tha Riaghaltas na h-Alba air na buidseatan a dh'iarr na ceithir ùghdarrasan ionadail air a bheil dleastanasan airson sheirbheisean-aiseig a choileanadh agus a mhaoineachadh gu h-iomlan.

Tha ùghdarrasan ionadail air na beachdan aca fhèin a chur an cèill a thaobh an dleastanais seirbheisean-aiseig a sholarachadh san àm ri teachd. A rèir nam beachdan aig Comataidh CCCC na Pàrlamaid agus aig Riaghaltas na h-Alba, chan eil sinn a' faicinn feum do luchd-cleachdaidh, no a thaobh maoineachadh poblach, ann a bhith a' gabhail thairis sheirbheisean-aiseig a thèid a ruith le ùghdarrasan ionadail aig an àm seo.

Tha na h-aon dùbhlain ro ùghdarrasan ionadail 's a tha ro Riaghaltas na h-Alba nuair a thig e gu soithichean agus puirt a tha a' fàs sean, 's cion airgid phoblaich ann. Mar phàirt dhe na ceanglaichean còmhdhail a bhios a dhith san àm ri teachd, dh'fhaodte beachdachadh air ceanglaichean stèidhichte agus tuilleadh chlàran-ama itealain, an àite no a thuilleadh air a bhith ag ùrachadh chabhlaichean-aiseig. Tha sinn mothachail gum bi feumalachdan nan eilean fa leth eadar-dhealaichte agus nach gabh aon fhuasgladh a-mhàin a chur an sàs. Nuair a bhios ùghdarrasan ionadail a' beachdachadh air na seirbheisean aca, faodaidh iad dòigh-obrach ùraichte a chleachdadh airson Measadh air Feumalachdan sa Choimhearsnachd a dhèanamh; tha an aon chothrom ann do bhuidhnean eile air a bheil an dleastanas na seirbheisean aca fhèin a dhealbhadh agus a ruith. 'S ann mar seo a bhios fianais làidir ann a thaobh leasachadh nam planaichean-gnothachais aca fhèin, a rèir amasan Ministearan na h-Alba agus na Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo.

Rinn sinn na leanas:

- Anns an fhreagairt againn air aithisg na Comataidh CCCC, dh'aontaich sinn ris an taic a chuir a' Chomataidh ris a' phrionnsabal gun tèid aiseagan a ruith leis a' Chomhairle fhèin.
- Thug sinn £3 millean do Chomhairle Eileanan Arcaibh airson am plana-gnothachais aca a leasachadh, 's cabhlach ùr ga chur ann, bàta-aiseig ga dhealbhadh dha na h-Eileanan mu Thuath, agus gnìomhachd bàta-aiseig dealain ri fhaicinn ann an 2024-25/26.
- Chùm sinn suas taic de chòrr is £41 millean airson 2024-25 do dh'ùghdarrasan ionadail air an robh an dleastanas seirbheisean-aiseig a lìbhrigeadh, a dh'aindeoin suidheachadh iomhasail glè dhùbhlanaich. Choilean sinn gu h-iomlan na buidseatan a dh'iarr na ceithir comhairlean airson 2025-26 cuideachd.
- Stèidhidh sinn Buidheann Gnìomh do dh'Ùrachadh Aiseagan Arcaibh agus Shealtainn, airson taic a chumail ris na Comhairlean ann a bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain aca a thaobh ùrachadh nan cabhlaichean.
- Thug sinn geall gun cuireamaid taic ri siubhal an-asgaidh do dh'eileanaich fo aois 22 gun charbad, air slighean-aiseig eadar-eileanach taobh a-staigh Arcaibh, Shealtainn agus nan Eilean Siar.
- Dh'aontaich sinn ri iarrtas Comhairle na Gàidhealtachd gun deidheadh taic-airgid de £28 millean a ghluasad bho ghealltanas a bh' ann mar-thà (an t-Aonta airson Baile-mòr Inbhir Nis is Sgìre na Gàidhealtachd) gu prìomhachas na Comhairle soitheach ùr a cheannachd do shlighe a' Chorrain.
- Mar phàirt dhen Bhuidheann Gnìomh le Crìch airson Cheanglaichean le Fòram nan Eilean, buidheann a chaidh ainmeachadh le Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte ann an Steòrnabhagh san Dàmhair 2023, chùm sinn deasbad mu cheannachd, co-aonachadh còmhdhalach agus ceanglaichean stèidhichte, le sùil ri fiosrachadh a cho-roinn mun chleachdadh as fheàrr agus mu eòlas-beatha nan daoine anns a h-uile eilean san Rìoghachd Aonaichte.

Nì sinn na leanas:

- Bheir sinn fhathast stiùireadh dha na Comhairlean – tro na Buidhnean Gnìomh a chaidh a stèidheachadh – air an obair a nì iad gus planaichean-gnothachais làidir a chruthachadh a bheir piseach practaigeach, neo-chosgail air na seirbheisean-aiseig aca.
- Tro CMAL, bidh sinn fhathast a’ tairgsinn comhairle – agus na dh’ionnsaich sinn bhon Phrògram gus Soithichean Beaga Ùra a Thogail – do dh’ùghdarrasan ionadail, airson taic a thoirt dhaibh le planadh nan soithichean ùra agus nam pròiseactan bun-structarail aca.
- Bheir sinn fa-near prìomhachasan a chaidh a stèidheachadh gu h-ionadail mar phàirt de mheasaidhean air feumalachdan còmhdhail nan coimhearsnachdan, agus airson riatanasan seirbheis an ama ri teachd a stiùireadh.
- Tro na Measaidhean air Feumalachdan nan Coimhearsnachdan, thèid roghainnean ainmeachadh airson dèiligeadh ri trioblaidean le ceanglaichean còmhdhail. Dh’fhaodadh na leanas a bhith nan lùib: bàtaichean-aiseig, siubhal-adhair, ceanglaichean stèidhichte, agus siubhal a bheir daoine air adhart no a thig an àite shlighean briste. Bithear ag aithneachadh an ann air companaidhean prìobhaideach no air ùghdarrasan ionadail a tha an dleastanas airson nan seirbheisean seo.
- Anns a’ bhuidseat airson 2025-26, thèid grant aon-turais de £10 millean a thoirt do Chomhairle Eileanan Arcaibh agus do Chomhairle Eileanan Shealtainn, airson pròiseactan do Chomas-ceangail Eadar-Eileanach a mhaoineachadh.

Sgrùdadh agus measadh

Airson adhartas na Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo a thuigsinn agus a mheasadh san ùine ghoirid, mheadhanach agus fhada, 's e an rud as cudromaiche gun tèid amasan SMART (sònraichte, a ghabhas tomhas, a ghabhas coileanadh, ciallach, agus a rèir clàr-ama) ainmeachadh, agus gun tèid sùil a chumail agus aithisgean a dhèanamh gu riaghailteach air adhartas a dh’ionnsaigh nan toraidhean agus na chuireas iad ri libhrigeadh soirbheachail nan ceithir Prìomhachasan a th’ air am mìneachadh sa phàipear seo.

Gus taic a chumail ris a’ thoradh seo, thèid Plana Sgrùdadh agus Measaidh a chruthachadh ann an co-obrachadh ri Buidheann Prìomh Luchd-ùidhe a’ PhCE. Bithear a’ cleachdadh nan slatan-tomhais a thèid ainmeachadh agus aontachadh gus molaidhean na Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo a mheasadh agus amasan SMART ainmeachadh. Nam measg, bidh sreath de thomasan-coileanadh ann a thèid nas fhaide na na dòighean anns an tèid na companaidhean-aiseig a thomhas tro na cùmhnantan SACIG agus SAET, 's raon nas fharsainghe de ghnìomhachd riatanach ga chlàradh agus eòlas-beatha nan daoine agus nan coimhearsnachdan ri fhaicinn nas soilleire. Dh’fhaodadh na leanas a bhith an lùib seo:

- Toileachadh an luchd-cleachdaidh agus nan coimhearsnachdan.
- Aois chuibheasach a' chabhlaich.
- Earbsachd nan seirbheisean – 's eòlas-cleachdaidh an luchd-siubhail ri fhaicinn.
- Adhartas an taca ris an t-Slat-tomhais Ruigsinneachd, agus a thaobh àireamh an luchd-siubhail a chleachdas seirbheisean-aiseig agus a tha gan aithneachadh fhèin mar chiorramaich.
- Comharra air Clàran-ama co-cheangailte ris an sgeama-dearbhaidh airson Glèidheadh Àite-deic.
- Co-mheas luchd-siubhail ri carbadan, mar chomharra air “co-aonachadh” nas fheàrr agus tuilleadh cleachadh nan aiseagan le luchd-siubhail air chois. Bidh adhartas ga thomhas a rèir “bun-ìre co-aonachaidh” a thèid a mholadh.
- Tursan-aiseig, comas-lìonaidh, agus cleachdadh a' chomais-lìonaidh (luchd-siubhail, ceabainean, agus carbadan) gach slighe.
- Uiread de bhathar a ghiùlaineadh gu/bho eileanan.
- Àireamh nan soithichean ann an cabhlach CMAL gun/le glè bheag de sgaoilidhean.
- Comharra nam faraidhean: m.e. co-mheas faraidhean ri taic-airgid, mar chomharra air cosgaisean dhan Riaghaltas; atharrachaidhean air faraidhean an taca ri atmhorachd, mar chomharra air cosgaisean do luchd-cleachdaidh.
- Slatan-tomhais àrainneachdail.

Ged as e seo an dreachd “mu dheireadh” dhen Dòigh-obrach Ro-innleachdail seo, thèid ath-sgrùdadh agus ùrachadh a h-uile còig bliadhna gus am bi atharrachaidhean agus adhartas rim faicinn – 's fios ann gu bheil àrainneachd lìbhrigeadh nan seirbheisean caochlaideach an àite a bhith seasmhach. Thèid am pròiseas seo a stiùireadh a rèir an sgrùdaidh agus a' mheasaidh a thèid a mhìneachadh ann am Plana Sgrùdaidh agus Measaidh an ama ri teachd. Mar sin, thathar an dùil gun tèid a' chiad ùrachadh a dhèanamh ann an 2029, 's dreachdan ùraichte dhen Dòigh-obrach Ro-innleachdail agus de Phlana nan Soithichean agus nam Port gam foillseachadh ro dheireadh 2029.

Tha Plana Cheanglaichean nan Eilean a' cumail taic ris an Ro-innleachd Còmhdhail Nàiseanta agus uile-gu-lèir, thèid adhartas a thomhas leis an Sgrùdadh agus a' Mheasadh a nì Còmhdhail Alba air na Comharran RCN2.



**TRANSPORT
SCOTLAND**

CÒMHDHAIL ALBA

© Còir-lethbhreac a' Chrùin 2025.

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais. Gus an cead seo fhaicinn, faic <http://www.nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> no cuir post-d gu: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil a' chòir-lethbhreac sin.

Tha lethbhreacan a bharrachd den sgrìobhainn seo rim faighinn, ma thèid sin iarraidh, ann an cruth claisneachd is faicsinneach agus ann an cànanan coimhearsnachd. Bu chòirear ceist sam bith mun sgrìobhainn / fhoillseachadh seo a chur thugainn aig info@transport.gov.scot.

Tha an sgrìobhainn seo ri fhaighinn air làrach-lìn Còmhdhail Alba cuideachd, aig: www.transport.gov.scot/.

Air fhoillseachadh le Còmhdhail Alba, An t-Ògmhios 2025.

Lean sinn:



transcotland



@transcotland

transport.gov.scot